I would like to be shown the way	Ghabhainn seòladh an rathaid
I want nothing at all	Cha'n'eil aiteil uam
Here is a book for you	Seallaibh leabhair duibh
I'm obliged to you	Tha mi 'ad chomain
I want nothing of that sort	Cha'n'eil a lethid uam
To whom shall I give it?	Co dha bheir mi i?
Give it to me	Their dhomhs' i
Don't send it this way	Na cuir an so i
Will you take it?	An gabh thu (sibh) i?
Of course I will	'S mi a ghabhas
I won't	Cha ghabh mise
Will you not take it?	Nach gabh thu (sibh) i?
Perhaps I will	Theagamh gu'n gabh
I don't believe I will	Cha chreid mi gu'n gabh
Shall I get it for you?	Am faigh mi duit i?
You may do so	Faodaidh tu sin
It isn't worth while	Cha'n fhiach e'n t-saothair
Try a little of this	Feuch beagan de so
I will	Feuchaidh
I don't care for it	Coma leam da
Here's a snuff for you	So snaoisean duit (duibh)
Thanks	Tapadh leat (leibh)
I never take it	Cha'n'eil mi ris idir
Take it or leave it	Gabh no fàg e
You are too generous	Tha thu ro fhialaidh
Anything I have is yours	Ni sam bith a th'agam is leat (leibh) e
Don't be bashful	Na bi saidealta
You are very good	Tha thu (sibh) ro mhath
You are too kind	Tha thu (sibh) ro chaoimhneil
I'll never forget it	Cha dhi-ch'nich mi am feasd e
Take it to oblige me	Gabh e gu comain a chur orm
I cannot refuse you	Cha'n urrainn domh t'àicheadh (bhur n-àicheadh)

V. Health and Sickness.

English.	*Gaelic.*
How are you?	Cia mar tha thu (sibh)?
Are you quite well?	Bheil an t-slàint' agad (agaibh)?
Are you in good health?	Bheil thu (sibh) gu sunndach?
How are you living?	'De'm beo th'oirt (oirbh)?
How do you feel?	Ciamar tha thu (sibh) faireachdainn?
Are you in good trim?	Bheil thu (sibh) ann an sgoinn?
How are they at home?	Cia mar tha iad agad (agaibh)?
How do you do?	'De mar tha sibh?
I am nicely	Tha mi gu gasda
I'm pretty well	'Smath mar tha mi
We are nicely	Tha sinn gu lughach
I am thankful to be so well	Tha mi taingeil mar tha mi
I have no reason to complain	Cha'n'eil aobhar gearain agam
I'm very well	Tha mi gu gleusda
I could not be better	Cha b' urrainn domh bhi ni b' fheàrr
That is well	'Smath sin
I'm glad to hear it	Tha mi toilicht' a chluinntinn
You look very well	Tha thu (sibh) coimhead gle mhath
You're the picture of health	Tha fiamh na slàint ort (oirbh)
Health is a very important thing	'S mór an gnothuch an t-slàint
I was very anxious about you	Bha iomagan orm umad (umaibh)
I was afraid you weren't keeping well	Bha eagal orm nach robh thu cumail slàn
And how are you, yourself?	'S ciamar tha thu (sibh) fein?
Only so so	Cha'n'eil ach meadhonach
I'm not very well	Cha'n'eil mi ro mhath
I am not so well	Cha'n'eil mi cho math
I am not very bad	Cha'n'eil mi gle dhona
I do not feel so well to-day	Cha'n'eil mi faireachadh cho math an diugh
I am getting better	Tha mi fàs ni's fhearr
I'll soon be all right	Bith' mi ceart gu leoir a thiota
There is great pain	Tha cràdh mor ann
His strength is going	Tha a neart a falbh
He has no breath	Cha'n'eil anail aige
He is very ill	Tha e gle thinn
We are all ill	Tha sinn uile gu tinn
It is an infectious disease	'Se galar gabhaltach a th 'ann
You are very weak	Tha thu gle lag
I am sick	Tha mi gu tinn
She is very poorly	Tha i gle bhochd
I'm not at all right	Cha'n'eil mi ceart idir
I'm sorry to hear it	Tha mi duilich a chluinntinn

English.	*Gaelic.*
I didn't know that	Cha robh fios agam air sin
You don't look very well	Tha droch neul ort (oirbh)
You're very pale	Tha thu (sibh) gle bhàn
What's wrong with you?	'De tha tigh'n riut (ribh)?
What ails them?	'De tha cur orra?
Health of mind	Slàinte na h-inntinn
To be ill	Bhi gu bochd
Suffering from ill-health	Fulang euslainte
He needs a nurse	Tha feum aige air banaltrum
I have a cold	Tha cnatan orm
I caught a cold	Fhuair mi fuachd
He has a bad cough	Tha droch chasad air
She has no strength	Cha'n'eil lùth aice
I have a headache	Tha mo cheann goirt
He hurt his foot	Chiùrr e a chas
He is feverish	Tha e ann an teasach
He has smallpox	Tha bhreac air
It is a terrible disease	'S uamhasach an galar i
The children have whooping cough	Tha a chloinn anns an truch
The old man has rheumatism	Tha'n t-siataig air an t-seann duine
I have toothache	Tha'n deudadh orm
He went into a swoon	Chaidh e 'n a nial
Send for the doctor	Cuir airson an lighiche
Have you any medicine?	'Bheil cùngaidh sam bith agad (agaibh)?
Are you better?	'Bheil thu (sibh) ni's fhearr?
I am convalescent	Tha mi dol am feothas
I am suffering	Tha mi a fulang
What's the matter with you?	'De tha tighinn riut (ribh)?
What ails you?	De' tha 'cur ort (oirbh)?
When did it commence?	C'uin a thoisich e?
What's the cause of it?	De is aobhar dha?
He is consumptive	Tha e ann an tinneas-caitheimh
Is he long ill?	Am bheil e fada bochd?
How did it commence?	Ciamar thoisich e?
You must be careful	Feumaidh tu (sibh) bhi toigheach
I hope to see him better	Tha mi 'n dochas fhaicinn ni's fhearr
I'm afraid he won't live long	Tha eagal orm nach fhad a bheo
He isn't improving at all	Cha'n'eil e tigh'n air aghaidh idir
I am better	Tha mi ni's fhearr
He has got relief	Fhuair e lasachadh
I'm a little easier	Tha mi beagan ni's socraich
The pain is not so great	Cha'n'eil am pian cho mor
I'm recovering my appetite	Tha mi faighinn mo chàl
She is much stronger	Tha i moran ni's treasa

English	*Gaelic.*
It was an accident	'Se tuiteamas a bh' ann
Suffering from ague	Fulang leis a chrith
With asthma	Leis a ghearr-analach
It is bleeding	Tha e call fola
Boils	Neasgaidean
A sore bruise	Bruthadh goirt
His hand was burned	Chaidh a lamh a losgadh
Chilblains on the toes	Fuachd-at air na h-òrdagan
A severe cold	Cnatan mór
Consumption of the lungs	Tinneas-caitheimh 's an sgamhan
It is contagious	Tha i gabhaltach
There is a corn on my foot	Tha calunn air mo chas
Coughing	A casdaich
He took cramp	Ghabh e iodh
Diseases are prevalent	Tha galaran pailt
It brings on dizziness	Tha e cur boile
It turned to dropsy	Thionndaidh e gu meud-bhronn
It led to fever	Thainig e gu teasach
He fell in a fit	Thuit e ann an teum
I have a headache	Tha mo cheann goirt
He has heart disease	Tha galar-cridhe air
I am hoarse	Tha'n tùchan orm
I have indigestion	Tha cion-meirbhidh orm
There's an itching in my finger	Tha tachus air mo mheòir
He has jaundice	Tha 'bhuidheach air
That is madness	'Se caothach tha'n sin
They are mad	Tha'n caothach orra
The child has measles	Tha'n leanabh 's a' ghriùthrach
He is in pain	Tha e ann an cràdh
It pains him	Tha e 'g a chiùrradh
A stroke of paralysis	Beum phairilis
I have rheumatism in my knee	Tha siataig 'nam ghlùin
The skin was scratched	Chaidh an craicionn a sgròbadh
There is smallpox in the town	Tha a' bhreac 's a bhaile
A painful sprain	Siochadh goirt
It is swelling	Tha e ag at

VI.—The Weather.

English.	*Gaelic.*
What sort of *day* is it?	'De seorsa' *la* th'ann?
It's a fine day	Tha la briagh ann
Is it warm?	'Bheil e blàth?
The sun is hot	Tha ghrian teth
It's a beautiful day	Tha là boidheach ann
The weather is uncertain	Tha'n aimisir mi-chinnteach
Bad weather	Droch shide
Pleasant weather	Aimsir thaitneach
Windy weather	Aimsir ghaothail
A threatening day	La maoidheil
It's like rain	Tha e coltach ri uisge
It's rather cloudy	Tha e car neulach
This is nasty weather	'S rabach an aimisir so
The road is dirty	Tha'n rathad salach
It's quite muddy	Tha e làn poll
It's a beautiful *night*	'S briagh 'n oiche th'ann
It's very bright	'S i tha soilleir
That is the light of the moon	Sin solus na gealaich
It is new moon	'S i ghealach ùr a th'ann
What made it so dark?	'De rinn cho dorch' e?
There's an eclipse	Tha tinneas-na-gealaich ann
The moon has gone down	Chaidh ghealach fodha
I cannot see a step	Cha leir domh ceum
It's brighter now	Tha i ni's soilleir a nis
The stars are visible	Chithear na rionnagan
There's aurora borealis	Tha fir-chlis ann
It's very *dry*	Tha e gle *thioram*
There's much need for rain	'Smor am feum a tha air uisge
Everything is withering	Tha na h-uile ni a seargadh
This must cause loss to the farmers	Ni so call do 'n tuath
It is very *calm*	Nach e tha *ciuin*
It's very quiet	Tha e gle shamhach
There's not a breath of air	Cha'n'eil oiteag gaoith ann
It's *warm* to-day	Tha e *blath* an diugh
It's really hot	Tha e direach teth
I'm getting warm	Tha mi fas blàth
You're perspiring	Tha fallus ort (oirbh)
It's terribly hot	'S anabarrach an teas a th'ann
It's just sultry	Tha e direach bruicheil
I feel it very oppressive	Tha mi 'g a fhaireachdainn gle bhruthainneach
The streams are drying up	Tha na sruthan a traoghadh
The sun is very hot	Tha a ghrian gle theth
We need a shower	Tha feum againn air fras
It's a warm summer	'Se samhradh blàth a th'ann

English.	*Gaelic.*
It's going to *rain*	Ni e'n *t-uisge*
The sky is lowering	Tha e fàs duaichnidh
The clouds are gathering	Tha na neoil a tional
There's a shower	Tha fras ann
It's beginning to rain	Tha e toiseachadh air uisge
Raining	Ri uisge
It's cloudy	Tha e neulach
Very dark	Gle dhorcha
The clouds are heavy	Tha na neoil trom
A wet day	La fliuch
There's a pownpour	Tha'n dòrtadh ann
It's extremely wet	'S e tha fliuch
Do you think it will clear?	Saoil thu (sibh) an tog e?
It cannot last long	Cha mhair e fada
It's clearing already	Tha e 'g eiridh mu thrath
It's not so heavy	Cha'n'eil e cho trom
The shower is over	Tha 'n fhras seachad
What a beautiful rainbow	Nach briagh am bogha frois sin
I was out in the rain	Bha mi muigh fo 'n uisge
I'm quite wet	Tha mi bog fliuch
It was very drenching	Bha e gle dhrùiteach
That is *thunder*	Sin *tairneanach*
I heard the noise	Chuala mi an toirm
I hear it	Tha mi 'ga chluinntinn
There is the lightning	Sin an dealanach
Did you see the flash?	'Faca tu (sibh) an dearrsadh?
Will it do harm?	'Dean e call?
The *wind* is rising	Tha '*ghaoth* ag éiridh
Where does it blow from?	Co as a tha i seideadh?
From the north	Tha a tuath
That wind is always cold	Tha 'ghaoth sin fuar daonnan
The south wind is warmest	'Si 'ghaoth a deas is blàithe
The wind is high	Tha a ghaoth àrd
There is only a breath	Cha'n'eil ann ach osag
The wind is soft	Tha a ghaoth sèimh
It's windy	Tha e gaothail
It's raising the dust	Tha i togail an dus
This is *stormy*	Tha so *stormail*
Isn't it wild!	Nach e tha fiadhaich
It must be stormy at sea	Bi' e gaillionach air a chuan
It's dreadful weather	'S uamhasach an uair a th'ann
It is tempestuous	Tha e gailbheach
The waves are roaring	Tha na tuinn a beucadh
Wind and weather	Gaoth is gaillionn
There will be *snow*	Bi' *sneachd* ann
It feels like it	'Se sin blas a th'air
Will it not be sleet?	Nach e fliuch-shneachd a bhi's ann?

English.	*Gaelic.*
There is hail	Tha clack mheallain ann
The ground is white	Tha'n talamh geal
The snow is quite deep	Tha'n sneachda gle dhomhain
Here is a snow-wreath	So cuithe-shneachda
Much snow	Sneachda mór
Dry snow	Sneachda tioram
It's very *cold*	Tha e gle *fhuar*
It was chilly all day	Bha e fionar fad an latha
I am chilled	Tha mi air fuachd
The wind is piercing	'S i ghaoth tha guinte
You're shivering	Tha thu (sibh) air chrith
I'm quite benumbed	Chaill mi mo luthas
I'm starving with cold	Tha mi meileachadh
A cold day	La fuar
A cold morning	Madainn fhuar
There's *frost* now	Tha *reothadh* ann a nis
It's very frosty	'Se tha reota
It's hoar frost	'Se lia-reoth' a th'ann
There is ice on the water	Tha eigh air an uisge
The frost is hard	Tha an reothadh cruaidh
The road is slippery	Tha 'n rathad sleamhainn
Will it thaw to-night?	'Dean e'n t-aiteamh a nochd?
The ice is melting	Tha 'n t-eigh a leigheadh
A cold thaw	Aiteamh fuar
What a *mist!*	Nach ann ann tha'n *ceo!*
It's very dense	Tha e gle thiugh
I don't like a fog	Cha toigh leam ceathach
The mist is rising	Tha'n ceo ag eiridh
This is good *spring* weather	'Smath 'n aimisir *earraich* so
It's becoming more genial	Tha e fàs ni's daimheil
We have more sunshine	Tha'n corr againn de'n ghrian
The breeze is still chilly	Tha ghaoth fionar fhathast
Summer is come at last	Thainig 'n *samhradh* mu dheireadh
There's a great change in the weather	'S mór an t-atharrachadh a th'air an t-sìde
Isn't it warm!	Nach e tha blàth!
That's quite seasonable	'Se sin àm a th' ann
It's very summer-like	Tha e gle shamhrachail
A hot summer	Samhradh teth
A pleasant summer	Samhradh brìagh
We have *autumn* now	Tha'm *foghar* againn a nis
It isn't so warm	Cha'n'eil e cho blath
It's good harvest weather	'Smath 'n aimisir foghair e
The sun isn't so strong	Cha'n'eil a ghrian cho laidir
We'll have *winter* immediately	Bi'n *geamhradh* againn a thiota
How cold it's getting!	'De cho fuar' 's a tha e fàs
We'll appreciate the fire now	Bi' meas air an teine nis

VII.—News

General

English.	*Gaelic.*
News to tell	Naigheachd gu innse
Hearing news	Cluinntinn naigheachd
Carrying reports	A giùlan sgeula
Keeping back news	Cumail naigheachd air ais
What I have heard	Ni a chuala mi
Plenty news	Pailteas naigheachdan
True reports	Sgeulan fior
Bad reports	Droch sgeulan
An old story	Seann eachdraidh
What's the news?	'De naigheachd?
I know of nothing new	Cha'n'eil ùr-sgeul agam
Well, no news is better than bad news	'Smath a naigheachd bhi gun naigheachd idir
Have you yourself nothing to tell?	Nach 'eil innse sam bith agad fein?
No, indeed	Gu dearbh cha'n'eil
Is there no intelligence from the Lowlands?	Nach 'eil sgeul ùr o'n Mhachair?
No, there's nothing going on	Cha'n'eil ni a tachairt an traths'
Have you seen a newspaper?	Am faca tu paipear-naigheachd?
I have seen a Glasgow paper	Chunnaic mi paipear a Glaschu
Does it contain anything?	'Bheil ni sam bith ann?
Nothing important	Cha'n'eil dad is fhiù
There's sometimes plenty news current	Bi' uairean pailteas sgeulachd a dol
I hate gossip and scandal myself	Cha toigh leam fhein gobaireachd is tuaileas

Special.

Is it true about that dreadful accident?	'Bheil e fior mu'n sgiorradh uamhasach sin?
I'm not aware	Cha d' fhairich mi
Haven't you heard the rumour?	Nach cuala tu (sibh) iomradh air?
Not a word	Cha chuala smid
That is strange	'S iongantach sin
What was it?	'De bh' ann?
Some collision on the railway	Co'bhualadh air choireigin air an rathad iaruinn
Were people hurt?	'N do chiùrradh sluagh?
One man was killed	Chaidh aon duine mharbhadh
That is sad news	'S bochd an sgiala sin
Yes, indeed	Seadh, gu dearbh
I have just heard it	Chuala mi an traths' i
I am sorry to hear it	Tha mi duilich a chluinntinn
I heard all the particulars	Chuala mi na h-uile dad

Doubted.

English.	*Gaelic*
There is a doubt	Tha teagamh ann
I am not sure	Cha'n'eil mi cinnteach
Without doubt	Gun teagamh
Doubting it	A cur teagamh ann
Denying it	'G a àicheadh
You're not serious ?	'Cha'n'eil thu 'rireadh ?
I am indeed	Tha gu dearbh
But how do you know ?	Ach ciamar tha fios agad (agaibh) ?
I heard it myself	Chuala mo chluasan e
I could scarcely credit it	'Sgann a chreidinn e
You may take my word for it	Faodaidh tu (sibh) m' fhocail a gha'il air
And you were present !	'S bha thu-sa 'n lathair ?
I was	Bha
I can't believe it	Cha chreid mi e
It's as sure as I live	Tha e cho chinnteach 's is beo mo
And this is true about the ship ?	'S tha so ceart mu'n long ?
True enough	Ceart gu leoir
Well I know the contrary	Mata 's aithne domhsa chaochla
It's the truth though	'S e'n fhirinn th'ann ged tha
It could not be	Cha b' urrainn e bhi
You can see it in the newspaper	Chi thu (sibh) 'sa phaipear naigheachd e
A newspaper fabrication	Uirsgeul nam paipear
There is not a word of truth in it	Cha'n'eil focal firinn ann
But I got a letter with an account of it	Ach fhuair mi litir toirt cunntas air
All the accounts are contradictory	Tha na cunntasan uile 'n aghaidh cheile
They are uncertain	Tha iad mi-chinnteach

Believed.

Believing	A creidsinn
I believe	Tha mi a creidsinn
Do you believe ?	'Bheil thu (sibh) a creidsinn ?
I am sure	Tha mi cinnteach
It is certain	Tha e dearbhta
It cannot be doubted	Cha'n urrainnear àicheadh
Prices are rising in town	Tha prìsean ag eiridh 'sa bhaile
Are they indeed ?	Bheil gu dearbh ?
Yes, they are	Tha iad sin
What's the cause of that ?	'De 's aobhar do sin ?
The bad harvest weather	'N droch aimisir foghair
I can believe it	'Smi 'chreideadh
They were high enough	Bha iad àrd gu leoir

VIII.—Time.

English.	*Gaelic.*
At the time	Aig an àm
It is time	Tha e'n tràth
A while	Tamull, *or* tacan
A long time	Uine fhada
A short time	Uine ghoirid
All the time	Fad na h-ùine
Part of the time	Cuid de'n ùine
My own time	M' ùine fhein
Your time is coming	Tha t'uair (bhur n-uair) a tighinn
Plenty time	Uine gu leòir
A particular time	Am àiridh
What o'clock is it?	'De'n uair tha e?
It has struck one	Bhuail e uair
What is it by your watch?	'De tha e air t-uaireadair
It is not going	Cha'n'eil e dol
Is it not after one?	Nach 'eil e 'n deigh uair?
Not long	Cha'n'eil fada
I thought it was two o'clock	Shaoil leam gun ro' e dà uair
Not yet	Cha'n'eil fhathast
Did the bell ring?	An do bhuail an clag?
It did	Bhuail
Is that clock right?	'Bheil an t-uaireadair sin ceart?
It is fast	Tha e air thoiseach
What time is it there?	Cia miad uair tha e'n sin?
Twenty minutes from two	Fichead mionaid o dhà
Do you come at three?	An tig thu (sibh) aig a tri?
About half-past three	Mu leth-uair an deigh tri
Say a quarter past	Abair cairsteal as a dheigh
What day is to-day?	'De la th'ann an diugh?
Of the week?	De'n t-seachduin?
Yes	Seadh
It is Friday	Tha Di-h-aoine
Was yesterday not Wednesday?	Nach b'e 'n dé Di-ciadaoin
No, but Thursday	Cha b'e ach Dir-daoin
Is to-morrow Saturday?	'N e maireach Di-Sathuirne?
It is	'Se
The day of the week	La de'n t-seachduin
The day of the month	La de'n mhìos
What day of the month is this?	'De la tha'n so de'n mhios?
The eighth day	An t-ochdamh la
This is the month of May	'Se so a cheitein
The first month of summer	Ciad mhios an t-samhraidh
The fifth of the year	A chuigeamh de'n bhliadhna
What year is this of the century?	'De bhliadhna so de'n chiad?
When did you get up?	C'uin a dh' eirich thu (sibh)?

English.	*Gaelic.*
A while ago	O chionn treis
Is it an hour since?	'Bheil uair 'thim uaith
It is	Tha
That was very early	Bha sin gle mhoch
I always rise early	'S àbhuist domh éiridh moch
When did you go to bed	C'uin 'chaidh thu (sibh) laidh?
It was late	Bha e anmoch
About midnight?	Mu mheadhoin óich'?
It was	Bha
Does he leave to-night?	Bheil e falbh a nochd?
Not till to-morrow night	Cha'n'eil gus'n ath-oich
Will he be here all day?	Bi' e 'n so fad an latha?
He will	Bithidh
It will be to-morrow	Bithidh e a maireach
It will be the day after to-morrow	Bithidh e an earair
When will he come here?	C'uin thig e'n so?
In a little while	An ceann tacan
An hour and a half?	Uair gu leth?
About that	Mu'n cuairt da sin
It is long since I saw him	'S fhad o nach fhaca mi e
More than a fortnight?	Corr's ceithir-la-diag?
Yes, three weeks	Tha, tri seachduin
I saw him every day	Chunnaic mis' e na h-uile la
That was last week	Bha sin air an t-seachduin so chaidh
He was here for half a year	Bha e'n so airson leth-bhliadhn'
Was that last year?	'N ann an uiridh?
It was a year ago	Tha bliadhna uaith
He won't come next year	Cha tig e'n ath bhliadhn'
No	Cha tig
When was it first?	C'uin bha e'n toiseach?
There's many a day since then	'S iomadh la o sin
Is it always like this?	Bheil e'n còmhnuidh mar so?
No, only sometimes	Cha'n'eil ach air uairean
Will it ever be?	'M bi e feasd?
Yes, sometime	Bithidh uair-eigin
What day?	Cia 'n la?
Some day	La eigin
When was it?	C' uin a bha e
At the time	Aig an àm
Many a time	Iomadh uair
Many a day	Iomadh la
A year and a day	La is bliadhna
Forever	Gu siorruidh
Ever	Gu brath

IX.—Railway Travelling.

English.	*Gaelic.*
Travelling	Air thurus
A long journey	Turus fhada
A great distance	Astar móir
Going away	Dol air falbh
Going from home	Dol o'n taigh
Leaving the place	Fàgail an àite
On the road	Air an rathad
Travellers	Luchd-turuis
A traveller	Fear turuis
I am about to travel	Tha mi dol air thurus
Where do you go?	C'aite bheil thu (sibh) 'dol?
To Glasgow	Gu Glaschu
What route do you take?	'De rathad a ghabhas tu (sibh)?
From Inverness by Perth	Bho Inbhirnis tre Pheairt
Is everything ready?	Bheil na h-uile ni deas?
Yes	Tha
Where's your luggage?	C' aite bheil bhur goireas-turuis?
It's in the carriage	Tha e 'sa charbad
Shall we be in time?	'M bi sinn trath gu leoir?
We have plenty time	Tha pailteas tìm againn
When does the train start?	C'uinn a dh' fhalbhas an iomchar (treana)?
At ten o'clock	Aig deich uairean
Have you a time-table?	'M bheil clar-tìm agad (agaibh)?
We'll get one at the station	Gheibh sinn aon aig an aite-seasaimh
Get me a ticket	Faigh domh comharradh (tiocaid)
How much is the fare?	'De tha'n dìoladh?
Is it first-class?	'N ann's a chiad inbhe?
It is	'S ann
The fare for the journey is two pounds	Cosdaidh 'n turus da phunnd sasunnach
Have you got any wraps?	Bheil trusadh sam bith agad (agaibh)
But where's the portmanteau?	Ach c'aite bheil a mhaileid turuis?
I gave it to the guard	Thug mi i do'n fhear-gleidh
We had better take our seats	'S fearr duinn ar suidheachan a gha'il
We must be quick	Feumaidh sinn bhi clisg
That's the signal to start	Sin an sanus gu falbh
Yes, we're off	Tha, dh' fhalbh sinn
We're going very fast	Tha sinn dol gle luath
Yes, there's a down incline	Tha, tha sinn dol leis a bhruthaich
The locomotive is steaming too	Tha bheart-ruith cur smuid di cuideachd

English.	*Gaelic.*
We shall now be quite comfortable	Bithidh sinn a nis sòitheil gu leòir
We can view the country	Gabhaidh sinn beachd air an dùthaich
What are they whistling for?	C' arson tha iad feadaireachd?
We're near a station	Tha sinn faisg air aite-seasaimh
We're going more slowly	Tha sinn dol ni's moille
We have stopped now	Stad sinn a nis
We're off again	Tha sinn air falabh rithis
Is this the fast train?	'N i so an luathruitheach
Yes, it's the mail train	'S i, tha i giùlan nan litrichean
It goes faster than the ordinary trains	Theid i ni's luaithe na na buidheann chumanta?
Much faster	Moran ni's luaithe
And it carries fewer passengers	'S tha ni's lugha luchd turuis oirre
There is not a long train of carriages attached to the engine	Cha'n'eil sreath fada de charbadan 'n ceangal ris a bheart
Do we stay long here?	Am fuirich sinn fada 'n so?
Five minutes	Cuig mionaidean
There are not many people waiting	Cha'n'eil moran sluaigh a feitheamh
No, it's a small place	Cha'n'eil, tha'n t-aite beag
Shall I have time to get a drink?	Am bi tim agam deoch a ghabhail?
If you are smart	Ma bhios tu (sibh) sgiobalt
May I close the window?	'Faod mi 'n uinneag a dhùnadh?
I'll be obliged to you	Bi mi 'ad chomain
What makes it so dark?	'De rinn cho dorch' e
The line is through a tunnel here	Tha'n rathad ruith fo'n talamh an so
Is it long?	Bheil e fada mar sin?
No; see it's getting brighter	Cha'n'eil; seall, tha e fàs ni's soilleir
Is this a through carriage?	An teid an carbad so fad an rathaid?
No, it goes only to Perth	Cha teid e seach Peairt
How many stations are there yet?	Cia meud aite seasaimh tha romhainn fhathast
Only two now	Cha'n'eil ach a dha nis
We're near the terminus	Tha sinn faisg air ceann na h-uidhe
What are we waiting so long here for?	C' arson tha sinn tamh cho fada'n so?
They're collecting the tickets	Tha iad tional nan cairtean
We have arrived	Rainig sinn
We were not long on the way	Cha robh sinn fada air an rathad
Are you tired?	Am bheil thu (sibh) sgìth?
Not at all	Cha'n'eil idir

X.—On a Steamer.

English.	*Gaelic.*
A steam-ship	Soitheach smùid
A sailing ship	Long sheòil
The sailors	Na maraichean
The sea	A mhuir
The canal	An t-amair
The loch (firth)	An loch
A harbour	Cala
When does the mail packet sail?	C' uin a sheòlas an longlitriche?
In half-an-hour	Ann an leth-uair
Is it a steam-ship?	'Ne soitheach smuid a th' innte?
It is	'Se
We'll go to the wharf	Theid sinn gus an laimhrig
Put my luggage on board	Cur mo threilich-turuis air bòrd
Where is the captain?	C'aite bheil an sgiobair?
He is on the deck	Tha e air clar na luinge
We are out of the harbour	Tha sinn mach as a chala
Yes, we'll soon be in the sea	Tha b' sinn gu h-aithghearr 'sa chuan fhosgailte
Do you hear the noise of the engines?	Bheil thu (sibh) cluinntinn gleadhraich nam beart?
Yes, and feel the vessel shaking	Tha, 's a faireachadh an t-soithich a crith
Will the passage be rough?	Am bi an t-aiseag fiadhaich?
No, the sea is smooth	Cha bhi, tha mhuir féachail
They are hoisting the sail	Tha iad togail an t-siùil
That will give it more speed	Bheir sin an corr astar di
You do not feel easy	Cha'n'eil thusa (sibhse) coimhead gu math
No, I feel qualmish	Cha'n'eil, tha mi car sleòdgach
Sea-sickness, perhaps?	Tinneas-mara, ma dh' fhao'te?
I think so	Tha mi'n duil gur e
You should see the steward	'S fearr duit (duibh) an rioghlair (stiubhard) fhaicinn
I'll go below	Theid mi gu h-iosal
What loch is that?	'De'n loch tha sin?
Shall we call at—?	An cuir sinn staigh aig—?
We shall	Cuiridh
How much is the fare?	Cia meud tha'n aiseag?
Shall I pay here?	Am paigh mi an so?
A small boat	Bàta beag
A sea vessel	Soitheach mara
The swell of the sea	Onfhadh na fairge
Sailing	A seòladh
Steering	A stiùireadh
Putting about	A cur m'an cuairt

XI.—At Home.

English.	*Gaelic.*
The home	An dachaidh
From home	O'n taigh
Coming home	Tighinn dachaidh
At home	Aig an taigh
The house	An taigh
The family	An teaghlach
A room	Seòmar
The windows	Na h-uinneagan
The doors	Na dorsan
The people of the house	Muinntir an taigh
Coming in	Tighinn a staigh
Going out	Dol a mach
Upstair	Suas a staidhire
Downstair	Sios a staidhire
It's time to get up	Tha e'n t-àm bhi'g éiridh
I have just awakened	Tha mi direach air dùsgadh
Will you rise now?	An eirich thu (sibh) a nis?
There's no hurry	Cha'n'eil cabhag ann
Come, dress yourself	So, so, cuir umad
What sort of morning is it?	'De seòrsa madainn a th' ann?
A very fine morning	Madainn gle bhriagh
I'll have a bath	Tha mise dol 'gam fhailceadh
The bathroom is open	Tha'n t-seomar failcidh fosgailte
Where's the soap?	C'aite bheil an siapunn?
I'll send you some	Cuiridh mi h-ugad e
That will do	Ni sin an gnothuch
Are you nearly ready?	Bheil thu faisg air bhi deas?
I'm combing my hair	Tha mi cìreadh m'fhalt
We're waiting you	Tha sinn feitheamh riut
Where's my father?	C'aite bheil m'athair?
He's in the dressing-room	Tha e 's an t-seomar-sgeadachaidh
I see him in the garden	Tha mi 'g a fhaicinn 'san lios
Good morning, boy	Madainn mhath duit, 'ille
Good morning, sir	Madainn mhath duibh
Have you slept well?	An do chaidil thu gu math?
Yes; I hope you have also done so	Chaidil; tha mi dochas gun d'rinn sibhse sin
I slept moderately well	Chaidil mi meadhonach math
Breakfast is ready	Tha 'm biadh deas
We'll be there directly	Bi' sinne 'n sin gun dàil
I'll be from home all day	Bi' mise o'n tigh fad an latha
Come as soon as you can	Thig cho luath 's is urrainn duit (duibh)
Here, I'm home again	So mise dachaidh rithisd
You're late	Tha thu (sibh) anmoch

English.	*Gaelic.*
Yes, I was hindered	Tha, chaidh éis chur orm
Will you have some dinner?	An gabh thu (sibh) beagan dìneir?
No, I have had some	Cha ghabh, fhuair mi cuid
Will you come into the sitting-room, then?	An tig thu (sibh) do'n t-seomar suidhe, mata?
Yes	Thig
I'm glad to see you all busy	Tha mi toilichte bhur faicinn uile gniomhach
Have the children behaved since I left?	An robh 'chloinn oileanach o dh' fhalbh mi?
They were very good	Bha iad gle mhath
The room is pretty cold	Tha 'n rùm car fuar
Yes, I'll poke the fire	Tha, leasaichi' mi'n teine
Put on more coals	Cuir air an corr guail
Shall I light the gas?	Am beothaich mi an solus?
Do, it's getting dark	Dean, tha e fàs dorcha
Would you like this couch?	Am bu toigh leibh an langasaid so?
No, but bring me a foot-stool	Cha bu toigh, ach thoir do' stòl-coise
These are nice pictures	'S boidheach na dealbhan sin
You have a great many books	Tha móran leabhraichean agad (agaibh)
Would you not read one?	Nach leughadh tu te?
May I read to you?	An leugh mi duibh?
No, but give us some music	Na leugh, ach thoir duinn ceòl
What would you like?	'De bu mhath leibh?
Highland music	Ceol Gaidhealach
You play very well	'Smath a chluicheas tu (sibh)
Shall we sing?	An seinn sinn?
That's very good	Tha sin gle mhath
Children, don't chatter	A chloinn, na bithibh a gobaireachd
Study your lessons	Ionnsuichibh 'ur leasanan
Tell us a story	Innsibh dhuinn sgeul
Sing us a song	Seinnibh dhuinn òran
Give us some riddles	Thoiribh dhuinn toimhseachan
Would you like to play chess?	Am bu mhath leat (leibh) cluidh air taileasg?
Or cards?	No cairtean?
It's time you were retiring	Tha e'n t-àm duibh bhi dol a luidhe
Good night, dears	Oiche mhath duibh, a ghradhana
Have you gone to bed?	An deach' sibh a luidhe?
We're undressing	Tha sinn a cur dinn
Sound sleep to you	Cadal math duibh
Will you waken us early?	An dùisg sibh tràth sinn?
Yes	Dùisgidh
Raise the blind, if you please	Togaibh an dall-bhrat, ma's e bhur toil e

XII.—Breakfast

English.	*Gaelic.*
Shall we breakfast now?	Am bris sinn ar traisg a nis
If you please	Ma's e bhur toil
Sit down, then	Dean suidhe, mata
Will you ask a blessing?	An iarr sibh beannachd?
We are at table	Tha sinn aig a bhòrd
Have you said grace?	An dubhairt sibh an t-altachadh?
Yes	Thubhairt
Begin, then	Toisich (toisichibh), mata
Will you have tea?	An gabh thu tea?
I prefer coffee	'Se cofi is docha leam
Here is your cup	So do chùpa-sa
Thank you	Gun ro' math agaibh
Do you like it sweet?	An toigh leat milis e
Not very sweet	Cha toigh, gle mhilis
You'll take sugar and cream?	Gabhaidh tu siucar is ceath?
Very little sugar	Gle bheag siucair
Have some bread!	Gabh (gabhai') aran
There's an egg here for you	Tha ubh an so air do shon
I prefer a bit of the ham	B' fhearr leam mir de'n mhuic-fheoil
There's a nice mutton-chop here	Tha staoig mhuilt-'eoil lughach an so
Some toast	Beagan arain cruaidhichte
Knife and fork	Sgian is gramaiche
At the table	Aig a bhòrd
A seat	Suidheachan
A spoon	Spàn
Bring me a knife	Thoir ugam sgian
Will you have bread?	An gabh thu (sibh) arain?
This is your plate	'Se so do thruinnsear (bhur truinn-sear)
A little milk	Beagan bainne
Will you not take butter?	Nach gabh thu im?
I did not notice	Cha tug mi toigh
Here's some fresh butter	So im ùr
It seems very nice	Tha e sealltainn gle mhath
You'll take another cup?	Gabhaidh tu cùp eile?
No, just half a cup, please	Cha ghabh, direach leth cùpa
Some more bread?	Beagan tuille arain?
One of those barley scones	Te dhe na breacagan eorna sin
There's a cake of oat-bread	Sin bonnach arain coirce
I like this very much	'S toigh leam so gle mhath
I sometimes take a little porridge at breakfast	Bi' beagan lit' agam air uairean 'sa mhadainn
A native diet	Biadh dùthchasach
Won't you have more	Nach gabh thu tuilleadh?

XIII.—Dinner.

English.	*Gaelic.*
Dinner is ready	Tha'm biadh deas
Let us sit down then	Deanamaid suidhe, mata
I will sit by you	Suidhidh mise lamh riutsa (ribh-se)
That is your napkin	Sin do (bhur) lamh-anart-sa
Who wants hare-soup?	Co tha airson sugh-chreamh?
I'll take some	Gabhaibh mise beagan
Have you got any other soup?	Bheil eanaraich sam bith eil' agad (agaibh)
I have nice cock-a-leekie	Tha deadh shugh-chreamh agam
Send me a plate, please	Cuir truinnseir an so deth
Some brown soup	Sùgh donn
Clear soup	Sùgh soilleir
That's enough	Tha sin ni's leoir
Do you like the broth?	An toigh leibh am brot?
Yes; it has a fine colour	'Stoigh, tha dath math air
Will you have a little more?	An gabh thu (sibh) beagan tuille?
No, thank you	Cha ghabh, gun ro' math agad (agaibh)
I have some cod-fish here	Tha glas-iasg agam an so
Any fried haddocks?	Bheil adagan friocht?
Yes, I'll send you one	Tha, cuiridh mi ugad (ugaibh) te
Fish now	Iasg a nis
Is this trout?	'Ne so breac?
Who'll take salmon?	Co ghabhas bradan?
A little of it here	Beagan an so deth
The sauce is over there	Tha'n sàbhsa thall an sin
Will you hand me the vinegar?	Fair a nall am fion-geur
I beg your pardon	Tha mi guidhe mathanais
Here are some dressed fowls	Seallaibh eoin dheasaichte
A little poulet-soute	Bideag isean earr-bhruichte
That bird seems very tender	Th'an t-eun sin gle thais
Shall I help you to wing?	An toir mi duit (duibh) sgiath?
No, thank you	Cha toir, gun robh math agaibh
Is there salt?	'Bheil salann ann?
Won't you have more?	Nach gabh thu (sibh) tuille?
It is tough	Tha e ruighinn
It is no chicken	Cha'n e eireag a th'ann
Are you done?	Am bheil thu (sibh) deas?
Yes	Tha
Not quite	Cha'n'eil buileach
Pass me your plate	Cuir ugam do thruinnsear (bhur truinnsear)
Is this yours?	An leatsa (leibh-sa) so?
Won't you try this?	Nach fiach thu (sibh) so?
It's very nice	Tha e gle lughach

English.	*Gaelic.*
Try a bit partridge	Fiach mir circ thomain
Yes, I like that	Fiachaidh, 's toigh leam sin
Fill your glass	Lion do ghlaine (bhur glaine)
Is this wine?	'N e fion tha'n so?
Yes, there's whisky	'Se, sin uisge-beatha
I'll take spring water	Gabhaidh mi uisge 'n fhuarain
Would you prefer beer?	'Ne leann bu docha leat (leibh)
I won't drink anything	Cha'n òl mi ni sam bith
Here's a fine haggis	So taigeis bhriagh
A little bit for me	Crioman beag domh-sa
Wouldn't you like mutton-cutlet?	Nach gabha' tu (sibh) muilt'eoil ghearrte?
No, I like this	Cha gabh, 's toigh leam so
Or veal?	No laoigh'eoil?
If you please	Ma's e do thoil (bhur toil)
Will you carve, please?	An roinn thusa (sibhse) 'n fheoil?
Yes, give me a knife	Roinnidh; fiachaibh sgian
What have you there?	'De th' agad (agaibh) an sin?
Roast beef	Mairt-'eoil roiste
Pass a plate	Cuir (cuiribh) nuas truinnsir
Do you like it fat?	An toigh leat (leibh) reamhar e?
Moderately fat	Meadhonach reamhar
I see some boiled mutton there	Tha mi faicinn muilt-'il bhruich an sin
Here you are then	So ugad (ugaibh) mata
Not so much as that	Ni's lugha na sin
You have no mustard	Cha'n'eil sgealan meilt' agad
What will you have?	'De a ghabhas tu (sibh)
Is that enough?	Bheil sin gu leòir?
A little more	Beagan tuille
A very small piece	Mìr gle bheag
A little salt here	Beagan salainn an so
Here are the potatoes	So am buntata
One or two of them	Fear no dha dhiubh
Won't you have another slice?	Nach gabh thu (sibh) sliseag eile?
I'll take a spoonful of the mince meat	Gabhai' mi làn spàin de'n fheòil phronn
Another potato?	Buntat' eile?
You take some beer or wine?	'Ne leann gha'as tu (sibh) no fion?
Thank you, I have water	Gun ro' math agaibh, tha uisg' agam
Here is some good port	So fion dearg math
I'm doing very well	Tha mi deanamh gle mhath
What are those?	'De tha'n sin?
These are jellies	Sughan mheas
Take a bit cheese	Gabh crioman caise
The sweets	Na milsean
Fill your glass	Lìon do ghlaine (lìonaibh bhur glaine)

XIV.—Tea and Supper

English.	*Gaelic.*
You'll take a cup of tea?	Gabhaidh tu (sibh) cùpa tea?]
Thank you	Tha mi 'n 'ur comain
Bring us hot water	Thoir ugainn uisge teth
You take cream?	Gabhaidh tu (sibh) cèath?
If you please	Ma's e bhur toil
The sugar bowl is near you	Tha'n soitheach-siucair lamh riut (ribh)
I'll help myself	Gabhaidh mi fhein e
Have some bread	Gabh arain
What bread do you like?	'De an t-aran is toigh leat (leibh)?
Any bread	Aran sam bith
Oat cake	Aran coirce
Barley cake	Aran eorna
I'll take wheaten bread	Gabhaidh mi aran-cruineachd
Here is some beautiful honey	So mil briagh
I like these preserves	'S toigh leam na measan greidhte so
There are both rasps and currants	Tha suidheagan is dearcagan an sin
They're very nice	Tha iad gle ghrinn
A little butter	Beagan ime
Salt butter	Im ùr
Fresh butter	Im sailte
You have no bread	Cha'n'eil aran agad (agaibh)
I'm for no more	Cha'n'eil tuille uam
You'll take a single biscuit	Gabhai' tu (sibh) aon bhreacag chruineachd
I enjoyed the tea very much	Mheall mi an tèa gle mhor
We'll have a little supper	Gabhai' sinn beagan suipeir
I have no objection	Cha chuir mi n' aghaidh sin
Will you take a bit ham?	An gabh thu (sibh) crioman muic-'oil
Anything cold	Rud sam bith fuar
Would some oysters do?	An deanadh eisirean an gnothuch?
Very well	Gle mhath
Bread and cheese?	Aran is càis?
A little of these too	Beagan diu sin cuideachd
Here are some pies and tarts	Sealla' pitheana fheoil is mheas
I'm glad to see them	Tha mi toilicht' am faicinn
Pour out some beer	Cuir a mach leann
I'll try this porter	Fiachaidh mi am portair so
You are not finished	Cha'n'eil thu (sibh) deas
I won't have more	Cha ghabh mi tuille
You have no great appetite	Cha'n'eil càl mhor agad (agaibh)
We must rise	Feumaidh sinn eiridh

XV.—In Lodgings.

English.	*Gaelic.*
Is there a lodging house here?	Am bheil taigh-aoidheachd an so?
Is it a nice place?	'Ne àite laghach a th'ann?
Show me the house	Feuch dhomh an taigh
Can I stay here?	Am faod mi fuireach an so?
Have you any rooms to let?	Bheil seòmraichean agaibh ri'n suidheachadh?
We have furnished rooms	Tha le airneis annta
May I see them?	Am faod mi 'm faicinn?
Certainly; walk in	'S cinnteach; thigibh 'staigh
I would prefer them on the ground floor	B' fhearr leam air an ùrlar iosal iad
Is it a bedroom you want?	'Ne seómar-leapa tha uat (uaibh)?
Yes, and a sitting-room	'Se agus seómar-suidhe
Those are to let	Tha iad sin ri'n suidheachadh
How much are they per week?	'De bhitheas iad 'san t-seachduin
Two pounds	Da phunnd Sasunnach
Are they not dear?	Nach 'eil iad daor?
We can't take less	Cha'n urrainn sinn ni's lugha gha'ail
Have you rooms on the next flat?	Bheil rumaichean agaibh air an ath urlar?
Yes, I'll show them	Tha, fiachaidh mi iad
I shall not dine at home	Cha ghabh mi mo bhiadh aig an taigh
Will you not take breakfast?	Nach gabh sibh am biadh maidne?
Yes, sometimes	Ga'idh air uairibh
You will need a fire	Feumaidh sibh teine
You'll provide that	Bheir sibhse sin
It will be extra charge	Bi' e'n corr airgid
I will take these rooms	Gabhaidh mi iad so
Have you another bed-room to let?	Bheil seòmar-leap' eile falamh agaibh?
Yes	Tha
A friend of mine wants one	Tha caraid domh 'g iarraidh aon
We'll be glad to see him	Bi' sinn toilicht fhaicinn
Are the rooms ready?	Bheil na rùman ullamh?
Almost	Faisg air
When can I come?	C'uin a thig mi?
Any time you like	Uair sam bith
May I come to-morrow?	'Faod mi tigh'n a màireach?
These are large rooms	'S mór na rùman iad so
There's a nice view from the windows	Tha sealladh briagh o na h-uinneagan
They are well furnished	'S math an airneis a tha annta
You have chosen a good site	Thagh thu (sibh) làrach math
It is very far away	Tha e gle fhad air falbh

XVI.—In an Hotel.

English.	*Gaelic.*
A good hotel	Taigh-òsda math
Where is it?	C'àite 'bheil e?
Let us go in	Rachamaid a staigh?
Can we lodge here?	Am faigh sinn aoidheachd an so?
Have you a spare room?	Bheil rùm falamh agaibh?
Can I sleep here?	Am faod mi cadal an so?
Show me a bedroom	Fiach domh seòmar-leapa
Yes, step this way	Fiachaidh, thigibh an so
I don't like this room	Cha toigh leam an t-aite so
Here is another empty	So ait' eile falamh
I prefer that	'Se sin is docha leam
You can have that	Gheibh sibh sin
How much do you charge per night?	Cia meud tha e 'san óich'
Ten shillings	Deich tasdan
I'ts too dear	Tha e ro dhaoir
I can show you a cheaper room	Fiachaidh mi aite ni's saoire duibh
This will do	Ni so an gnothuch
Do you wish anything?	'Bheil ni sam bith uaibh?
Is there a bell?	'Bheil clag ann?
There it is	Sin e
I want to wash myself	Tha mi airson mi fhein a ghlanadh
I'll send you soap and a towel	Cuiridh mi ugaibh siapunn is sear-adair
And a brush and a comb	Agus cìr is bruis
Immediately	'S an uair
Is my luggage come?	An tainig mo ghoireas-turuis?
Not yet	Cha tainig fhathast
Send it here when it comes	Cuir an so e nuair thig e
I will	Cuiridh
I'll stay for a few days	Ni mi tamh airson beagan laithean
We'll be delighted	Bi' sinn gle thoilichte
Get my boots cleaned	Faic mo bhòtan air an glanadh
I'll send up some slippers	Cuiri' mi suas cuarana
Do, and get a fire for me	Dean is faigh teine dhomh
In a moment	Ann an tiota
Order some tea for me	Iarr tèa air mo shon
I'll be down soon	Bi mi sios 's an uair
Where is the public room?	C'aite bheil an seòmar cumanta?
I wish to retire	Tha mi airson dol a laidhe
Where is my room?	C'aite 'bheil mo rùm-sa?
I leave in the morning	Tha mi a falbh 'sa mhadainn
Call me at seven o'clock	Gairm mi aig seachd uairean
Do not forget	Na di-chuimhnich
I leave in a week	Bi' mi falbh ann an seachduin
You have been very attentive	Bha sibh gle fhritheilteach

English.	*Gaelic.*
Call me in the morning	Dùisg(ibh) 's a mhadainn mi
Not too early	Cha'n ann ro mhoch
At what o'clock?	'De 'n uair?
Before eight o'clock	Ro' ochd uairean
Send up my shoes	Cuir(ibh) ugam mo bhròg an
I am in a hurry	Tha cabhag orm
Is breakfast ready?	Bheil a bhraiceas deas?
You'll have it at once	Gheibh thu (sibh) air an uair i
I'll have dinner at home to-day	Bi' mi dachaidh gu m' dhiot
When do you wish it?	C'uin bu mhath leat (leibh) i?
About four o'clock	Mu cheithir uairean
I may possibly have a friend with me	Theagamh gu'm bi caraid comhla rium
What have you to eat?	'De th' agaibh gu itheadh?
Let us have a good dinner	Thoiribh duinn dìneir math
I shall dine out to-day	Gheibh mi mo dhìneir o'n tigh an diugh
I won't be home till late	'Bi' e anmoch mu's tig mi
I don't know when I return	Cha'n'eil fios agam c'uin a thig mi air ais
Shall we sit up for you?	Am feith sinn riut (ribh)?
You need not	Cha ruig sibh leas
Can I have a key to let myself in?	Am faigh mi iuchar gu faighinn 'staigh?
Has the post brought me anything?	An tug am post ni dòmhsa?
Nothing	Cha tug dad
Did anyone call for me?	An tainig neach sam bith 'g am iarraidh?
A gentleman called	Thainig duin'-uasal
Did he leave me any message?	An d'fhag e fios sam bith?
He said he would call again	Thuirt e gun tigeadh e rithis
I would like a fire	Bu mhath leam teine
Put on more coals	Cuir air an corr guail
Where are the tongs	C'àite bheil an clobha
It is cold here	Tha e fuar an so
It is dark	Tha dorcha
Will you give me a light?	An toir sibh domh solus?
Leave the door open	Fàg an dorus fosgailte
Shut the door	Dùin an dorus
Bring me some cold water	Thoir(ibh) ugam uisge fuar
Can I have a clean towel?	Am faigh mi searadair glan?
Fetch another dish	Thoir ugam soitheach eile
Put it on that table	Cuir air a bhòrd sin e
Where is the candle?	C'aite 'bheil a choinneal?
That will do	Ni sin an gnothuch
Give me my bill	Thoir(ibh) domh mo chunntas
I will pay it to morrow	Pàidh' mi maireach i

XVII.—In Town.

English.	*Gaelic.*
Shall we take a walk?	An teid sinn a shràid-imeachd?
I am quite willing	Tha mi toileach
In what direction shall we go?	'De 'taobh an teid sinn?
Let us visit the Town Hall	Gabhamaid gu Tall mór a Bhaile
Do you know the way?	An aithne duit (duibh) an rathad?
We will inquire about it	Feòraichidh sinn m'a dheighinn
Which is the way to the Town Council Hall?	Cia'n rathad gu Talla Comuinn a Bhaile?
Take the first turn to the right	Ga'ibh a chiad tionndadh gu's an laimh dheas
	'Ne sin uile?
Is that all?	Rithis ga'ibh direach romhaibh
Then go straight on	Cia fada d'a ionnsuidh?
How far is it away?	Mu thri chiad slat
About three hundred yards	Moran taing duit (duibh)
Many thanks to you	So e mu dheireadh
Here it is at last	Nach briagh 'n aitreabh e!
What a splendid edifice!	Tha e gle mhaiseach
Yes, it's magnificent	An teid sinn 'staigh?
Shall we go in?	Tha mise airson a dhol
I wish to go	'S àluinn an seorsa togail a th'air
The architecture is very ornate	Tha dealbhan gle ghrinn ann
It contains some fine pictures	Am faca tu (sibh) ni's leòir?
Have you seen enough?	Chunnaic, theid sinn a mach
Yes, let us go out	'De'n eaglais tha sin?
What church is that?	Sin an Eaglais Ard
That is the High Church	'S àillidh an togail i
It is a very handsome pile	Seadh, tha i gle shean
Yes, it's ancient	'Smath tha iad cumail nan sràid
The streets are well kept	Tha'm baile comasach air sin
The town can afford that	'Ne uisge na h-aimhne tha'n sluagh a cleachdadh?
Is it the river water that the people use?	Cha'n e, tha iad 'g a fhaighinn o'n obair-uisge
No, they get it from the waterworks	Cia as tha e tighinn?
	Ann am pioban o na cnuic
Where does it come from?	'De'n taigh tha sin le cliath-iaruinn 's na h-uinneagan?
In pipes from the hills	'Se sin an taigh-mòid
What house is that with the grated windows?	Far am bi'n Siorra 'na shuidhe?
That is the Court-house	Cha'n e 'n Siorra is breitheamh an sin
Where the Sheriff sits?	C'aite bheil e-san?
No, the Sheriff is not the judge there	An taigh-cùirt na Siorrachd
	Co tha air ceann na cùirte so?
Where is he?	
In the County Court-house	
Who presides in this court?	

English.	*Gaelic.*
The Provost and Bailies	Am Prothaiste's na Bailli'ean
And are the police constables under their direction?	'Sam beil na maoran-sithe fo'n smachdsa ?
Yes	Tha
Do they rule the whole town?	'N iadsan tha riaghladh a bhail' uile?
Yes, with the Town Council	'S iad, comhla ri Comunn a Bhaile
These are fine shops	'Sbriagh na bùithean sin
Yes, the windows are very handsome	'Sbriagh; tha na h-uinneagan gle eireachdail
Shall we cross the bridge?	An teid sinn null thar an drochaid?
If you like	Ma thogras tu (sibh)
Is that a schoolhouse?	'Ne tigh-sgoil tha'n sin?
That is the College	'Se sin an àrd-sgoil
It is not under the School Board?	Cha'n'eil i fo Bhòrd nan Sgoil?
No	Cha'n'eil
Where is the Infirmary?	C'aite bheil an tigheiridinn?
It is outside the town	Tha e mach as a bhaile
This seems to be the market	Tha so coltach ris a mhargadh
Yes, shall we pass through it?	Tha, an teid sinn troimpe?
We may do so.	Faodaidh sinn sin
Is it here the fairs are held?	'N ann an so bhi's na feilltean?
I don't think so	Cha'n'eil mi 'duil gur ann
It is very crowded	Tha i gle dhòmhail
I would like to see the Public Park of the town	Bu mhath leam pàirce chumant a 'bhaile fhaicinn
We may go round that way	Faodaidh sinn cuairt a gha'il mar sin
Is this the way to the town's park?	'Ne so'n rathad gu pàirc a bhaile?
No, this is it	Cha'n e, 'se so e
Are we near it?	Bheil sinn faisg oirre?
It is at the end of the street	Tha i aig ceann na sràide sin
Shall we take a cab?	An gabh sin carbad
I prefer to walk	'S docha leam-sa coiseachd
It is more agreeable here	Tha e ni's taitnich an so
Yes, and we can get a view of the town	Tha 's gheibh sinn sealladh de'n bhaile
It's a busy place	Tha e 'n a aite deanadach
Yes, and a dirty smoky place	Tha's na aite smuideil, salach
There are a good many chimney stalks	Tha aireamh mhath de shimealaran dubha ann
Chiefly of foundries, factories, and the like	Gu h-àirid de fùirneisean tigheanceirde 's a lethid sin
What extensive wall is this?	De'm balla mór tha so?
That is the prison enclosure	'Se sin cuairteachadh a phriosain
Would you like to see the cemetery?	Am bu toigh leat a chladh fhaicinn?
I am indifferent	Tha mi coma co dhiu
Or the town's library	No leabhar-lann a bhaile

English.	*Gaelic.*
I am not very anxious	Cha'n'eil mi gle iarrtnach
Perhaps you are getting tired?	Theagamh gum beil thu (sibh) fàs sgith?
Yes, a little	Tha meadhonach
Then we will return	Tillidh sinn mata
It is time, at any rate	Tha e'n t-àm co dhiu
What hall is this?	'De'n talla tha so?
That is where all kinds of meetings take place	'S ann an sin a bhi's coinneamhan de gach seorsa
Is there anything to-night?	Bheil ni ann a nochd?
There is some concert	Tha co-sheirm air chor eigin
Then I will attend	Thig mis' uige, mata
Where is the high street?	C'aite bheil an t-Sraid Arda?
It is at the end of this lane	Tha i aig ceann na caol-shraid so
We will go to the town's cross	Theid sinn gu crois a bhaile
Let us cross the street	Siubhlamaid tarsuinn na sràide
Mind yourself	Thor(ibh) toigh ort (oirbh) fein
This is rather dangerous	Tha so car cunnartach
Shall we go to see the bridge?	An teid sinn choimhead na drochaid?
Yes, we may	Faodaidh sinn sin
What are those horses waiting here for?	C'arson tha na h-eich sin a feitheamh an so?
These are for conveying anyone who may need them	Airson bhi giùlan neach sam bith aig am bi feum daibh
Let us take one of them, then	Gabhamaid fear diubh, mata
Where shall we drive to?	C'aite an teid sinn?
Down to the bridge	Sios gus an drochaid
What is the fare?	Cia miad tha'n iomairt?
A shilling a mile	Tasdan am mile
Tell him to drive faster	Abair ris dhol ni's luaithe
What bell is that?	De'n clag tha sin?
These are the Cathedral bells	'Siad sin cluig na h-eaglais mhóir
They are very sweet	Tha iad gle bhinn
I think we have seen enough	Tha mi 'dùil gum faca sinn gu leoir
Where will we turn now?	C'aite 'n tionndaidh sinn a nis?
We will go home	Theid sinn dachaidh

XVIII.—In the Country.

English.	*Gaelic*
I'm going out into the country	Tha mi dol mach gus an dùthaich
Are you going far?	Bheil thu (sibh) dol fada?
A few miles	Beagan mhiltean
May I accompany you?	Am faigh mi còmhla riut (ribh)?
Yes, I'll be glad to have your company	Gheibh, bith' mi toilicht' do (bhur) cuideachd fhaotainn
Shall we keep the high road?	An cum sinn an rathad mór?
Yes, most of the way	Cumaidh 'sa chuid is mò de'n uidhe
The road is not even	Cha'n'eil an rathad còmhnard
It is destroyed by the wheel ruts	Tha e air a mhilleadh le claisean nan cuibhle
Yonder is a nice footpath	Sud frith-rath'dan laghach
We will take it	Gabhaidh sinn e
Perhaps people are not allowed to take this path	Theagamh nach fhaod sluagh bhi ga'il a cheum so
Yes, it's quite public	Faodaidh, tha e cumanta gu leoir
Whose ground is this?	Co leis am fearann so?
It's part of —— estate	Buinidh e do oighreachd ——
Where is the mansion-house?	C'aite am beil an tigh mór?
There it is on the hill	Sin e air a chnoc
It is beautifully sheltered by trees	'S grinn a tha e air a dhìon le crao'an
What is that fenced place?	De'n t-ait' tha sin air a dhùnadh a stigh?
That is a preserve for rearing pheasants and such birds	'Se sin aite dùinte airson àrach easagan is eoin mar sin
What rumbling noise is that?	De'n tòirm tha sud?
That is the noise of the waterfall	'Se sud fuaim an eas
It must be very large	Feumaidh gum beil e gle mhór
It is pretty high	Tha e math àrda
Where is it?	C'aite bheil e?
It is beyond that wood	Tha e air taobh thall na coille sin
And this is the proprietor's farm?	Agus 'se so tuathanas an uachdarain?
Yes	'Se
These are beautiful fields.	'S briagh na h-achaidhean sin
Yes, it seems to be good soil	Seadh, tha coltach talamh math air
We can get a fine view from this hill	Gheibh sinn sealladh math o'n chnoc so
I can see the river from here	Chì mi an amhainn a so
Yes, and the lake it comes out of	Chì, 'san loch as a bheil i tighinn
Where is the church of this parish?	C'aite bheil eaglais na sgire so?
It is near the village	Tha i faisg air a chlachan
The little town we passed?	Am baile beag air an deach' sinn seachad

XIX.—At Sea.

English.	*Gaelic.*
At sea	Air a chuan
Embarking	'Dol air bòrd
Raising the sail	Togail an t-seòl
Running before the wind	Ruith roimh'n ghaoth
The ship is sailing	Tha an long a seòladh
The tide is flowing	Tha a mhuir a lìonadh
On sea and on land	Air muir 's air tìr
Now we're off	Nis dh' fhalbh sinn
Keep her to windward	Cum ris i
Out to the sea?	Mach gu's a chuan?
Yes	Seadh
We have the wind now	Tha ghaoth againn a nis
Is the boat on the shore?	Bheil am bàt' air an tràigh?
I left it there	Dh'fhàg mis' an sin e
Come on board then?	Thig air bòrd, mata
Here are the oars	Sealla' na ràimh
Pass them here	Cuir an so iad
Shall we row?	An iomair sinn?
Yes, just now	Iomraidh an traths'
Shall I sit at the helm?	An suidh' mis' air an stiùir?
Do so	Dean sin
The sea is beautiful	Tha 'mhuir gle bhriagh
The sea air is bracing	Tha gaoth na mara neartachail
How slowly we seem to move	Nach sinn tha dol mall!
What large vessel is that	'De'n soitheach mór tha sin?
That is a steamer	Tha bàta-smùid
What is it doing here?	'De tha i deanamh an so?
Assisting ships up the stream	Cobhar luingeas suas an t-sruth
The opposite coast is dangerous	Tha'n cladach fa'r co'ar cunnartach
There are many rocks	Tha moran chreag ann
I hear that there are many ships wrecked every year	Tha mi cluinntinn gu bheil móran luingeas air am bristeadh 'na h-uile bliadhna
Is there a lifeboat near?	Bheil bàta airson tearnadh beatha faisg?
There is one six miles away	Tha fear sia mile air falbh
What place is this?	De'n t-àite tha so?
Who is that man?	Co'n duine tha sin?
May we safely leave the boat here?	Bheil e sàbhailt am bàt' fhàgail an so?
We will pull round the island	Tarruingidh sinn cuairt an eilein
Take you the oars	Gabh thusa na ràimh
The waves are rising	Tha na tuinn ag eiridh
The wind is stronger	Tha'ghaoth ni's treasa
Raise the sail	Cuir suas an seòl

English.	*Gaelic.*
Tie this to the mast	Ceangail so ris a chrann
That is a fishing boat	'S sin bàt' iasgaich
Hand me the baler	Cuir a nall an taoman
Keep out the water	Cum a mach an t-uisge
I have lost an oar-pin	Chaill mi putag
There it is on the deck	Sin i air an tobhta
We need not row	Cha ruig sinn leas iomram
Haul up the sail	Tarruing suas an sgòd
Keep her steady	Cùm air do làimh
She has plenty way	Tha pailteas astar aice
Yes, she's ploughing the waves	Tha i gearradh nan tonn
We'll pass below that island	Theid sinn seachad fo'n eilean sin
Remember the rocks	Cuimhnich na creagan
Is it flood tide just now?	'Ne'n làn a tha'nn an traths?
No, it's ebb tide	Cha'n e ach an tràghadh
Now we're out of the strait	Nis, tha sinn mach as a chaol
What ships are these?	'De na luingeas tha sin?
Some of them are men-of-war	'Se luingeas chogaidh th'ann an cuid diu'
Let us go nearer	Gabhamaid ni's fhaisge
They are at anchor	Tha iad air achdair
We'll board that ship	Theid sinn air bòrd na luinge sin
Pass under her bow	Gabh seachad fo toiseach
Lower the sail	Lasaich an seòl
Put about	M'an cuairt i
Come under the ladder	Thig fo'n fhàradh
Pass the painter	Nall am ball
Where is the captain?	C' aite bheil an ceannard?
He's on the quarterdeck	Tha e 'sa cheann deiridh
What instrument is that?	'De 'n inneal tha sin?
A compass	Tha cairt iuil
These are strong masts.	'S laidir na croinn sin
I would like to be a sailor.	Bu toigh leam bhi 'am sheòladair
As long as the sea is quiet	Fhad 's a bhiodh a mhuir samhach
A seaman's life has its own dangers	Tha a cunnartan fhein aig beatha maraiche
Let us return to land	Rachamaid air ais gu tir

XX.—Shooting.

English.	*Gaelic.*
We are going to hunt	Tha sinn dol a shealg
I'll accompany you	Theid mise comhla ribh
Get your gun then	Faigh do ghunna mata
Let out the dogs	Leig a mach na coin
Shall I unleash them?	An leig mi de'n iall iad?
You may	Faodaidh tu sin
Do we keep to the hills?	An cum sinn am monadh
It will be better	'Se sin is fhearr
I cannot fire a shot to-day	Cha'n urrainn domh urchair a thilgeil an diugh
Why not?	C'arson sin?
My hand shakes so	Tha mo laimh air chrith
My powder is wet	Tha m'fhùdair-sa fliuch
There are some grouse	Sin cearcan-fraoich
Shall I fire at them?	Au loisg mi orra?
We'll shoot them on the wing	Tilgidh sinn iad air sgiath
Cock your guns	Cuiribh bhur gunnachan air lugh
Blaze away	Cuiribh smuid riu
Have you killed anything?	An do mharbh thu dad?
I wounded one	Leon mi te
Will you give me some shot?	An toir thu domh fras?
Here, load this gun	So, lion an gunna so
Is it with small shot?	'Nann le min-fhras?
No, with a bullet	Cha'n ann ach le peileir
The deer are beyond that hill	Tha na feidh taobh thall a chnuic sin
Here they come	So a tigh'n iad
There's your chance!	Sin do chothrom!
What have I killed	'De mharbh mi?
A beautiful hind	Mharbh eilid bhriagh
There's a grand stag	Sin damh àluinn
I must get the antlers	Feumaidh mi an cabair fhaotainn
Where are the gillies?	C'aite bheil na gillean?
Shout for them	Thoir an eigh orra
Here, lad take up that hare	So, ghille, tog a mhaigheach sin
Go for the pony	Siubh'l airson an eich
Bring me some powder	Thoir ugam fùdair

XXI.—Fishing.

English.	*Gaelic.*
Come away to fish	Tiucainn a dh' iasgach
Have you another rod?	Am bheil slat eil' agad?
I have, a fair one	Tha sin agam, te ghrinn
This is a good hook	'Smath an dubhan so
Will you have a fly?	'N gabh thu (sibh) cuileag?
Yes, what kind suits this water best?	Gabhaidh, 'de seórsa fhreagras an t-uisge so?
I'll choose a good one for you	Taghai' mi te mhath duit
Shall we go down the river!	An teid sinn sios an amhainn?
Yes, on the other side	Theid air a bhruaich eile
Try that pool	Fiach an linne sin
Let out your line	Leig a mach do dhriamlach
I have got a nibble	Fhuair mi sgobadh
Keep quiet	Cum samhach
They are taking to-day	Tha iad a ga'ail an diugh
Have you got anything?	An d'fhuair thu dad?
I've caught a few trout	Ghlac mi beagan bhreac
My basket is empty	Tha mo chliabhsa falamh
Shall we go out in the boat?	An teid sinn a mach 's a bhàta?
Yes, if we get some one to row	Theid, ma gheibh sinn neach gu iomair
Here's Donald, he ll come	So Dònuil, thig esan
Get out the oars, Donald	Mach na ràimh, a Dhònuil
You can now row slowly	Faoda' tu nis bhi fanna
We'll try the rods	Fiachaidh sinn na slatan
Dress these hooks	Stailc na dubhanan so
I have caught a herring	Rug mis' air sgadan
Try a different bait	Fiach maghair eile
The fish are plentiful here	Tha'n t-iasg pailt an so
Especially white fish	Gu h-àraid iasg geal
Will you try the net?	Am fiach sibh an lion?
Yes, let us have it	Fiachaidh, thoir duinn i
Now, row away	Nis, iomair air aghaidh
I'll pay it out	Leigidh mis' a mach i
Pull ashore	Tarruing gu cladach
I think we have got something	Tha mi'n duil gu'n d' fhuair sinn ni eigin
The net is very heavy	Tha'n lion gle throm
What a fine haul!	Nach briagh an làd sin!

XXII.– Athletic Games.

English.

Where are the Games to-day?
They are on a green meadow down here
Are there many people?
Yes, a large assembly
What is going on now?
They're putting the stone
Are these the competitors?
Yes
Is the competition over?
I think so
Who has won?
That stalwart champion
How far did he throw?
Twenty-nine feet three inches
He did very well
What's the next thing?
Throwing the hammer
We must clear off then
Yes, it is sometimes dangerous

That was a splendid throw
He gave it a good swing
Let us go and see the leaping
That's what they call the long leap
That fellow crossed the mark

I could jump as far as that myself
The ground is too slippery
We're to have high leap now
He cleared it easily
That was a good spring
They're tossing the caber where we left
Yes, and it's a heavy caber they have
These are fine muscular fellows
Yes, indeed, they have well deserved their prizes
We have not seen the race-course yet
No, but the races are over

I would have liked to see them

Gaelic.

C'aite bheil na cluichean an diugh?
Tha iad air faich uaine sios an so

'Bheil móran sluaigh ann?
Tha, cruinneachadh mór
'De tha'r a deanamh an traths?
Tha'd a cur na cloiche
'N iad sin na co-shreipich?
'S iad
Bheil an co-dheuchann thairis?
Tha mi 'n duil sin
Co a bhuanaich?
An curaidh làidìr sin
Cia fada chur e?
Naoi troi' fichead 's tri oirlich
'Smath a fhuaradh e
'De 'n ath rud?
Tilgeil an ùird
Feumaidh sinn sgaoileadh mata
Feumaidh, tha e air uairean cunnartach
Bu ghrinn an urchair sud
Thug e siud math dha
Siubh'lamaid a choimhead na leum
Sin rud ris an abair iad an leum fada
Chaidh am fear sin thar a chomharradh
Bheirinn fein leum cho fada sin
Tha'n talamh ro shleamhuinn
Gheibh sinn leum àrda nis
Chaidh a thairis glan gu furasda
Bu mhath a chruinn leum sin
Tha'd a cur a chabair far an robh sinn
Tha 's is tomadach an cabair a th'aca

'S grinn gramail na gillean iad
Seadh, gu dearbh, 's math thoil iad an duais
Cha'n fhaca sinn am blàir réis fhathast
Cha'n fhac', ach tha na réisean seachad
Bu mhath leam am faicinn

English.	*Gaelic.*
Did many run?	An robh móran a ruith?
Yes, there was a good competition	Bha, bha deuchann math ann
It would have been a fine sight	Bu bhriagh an sealladh e
You do not play quoits here?	Cha bhi sibh cluich peilistearan an so?
It is a very ancient game	'S sean a chluich e
What games do you have in the Lowlands?	'De na spòrsan a th' agaibh air a Mhachair?
We have many games with ball and bat, bowls, football, tennis, and curling-stones	Tha iomadh cluich againn le ball is slacan, ball-cloiche, ball coise, tennis, is clachan-spéilidh
Do you play shinty?	Nach bi' sibh ri camanachd?
It is a great pastime here in winter	Tha e 'na chluich mhór an so 's a gheamhra'
How is it played?	Ciamar a chluichear e?
Very like football, but clubs are used instead of feet	Gle choltach ri ball-coise ach le camanan 'n aite casan
Some games are very coarse and rude	Tha cuid a chluichean gle fhiadh-aich, borb
Yes, their influence is not of the best	Tha, cha'n e bhuaidh is fhearr a th'aca
We seldom have wrestling matches now	Cha tric bhi's deuchann gleac againn a nis
So I believe	'Se sin mo bharail
There are always dancing and bag-pipe competitions	Tha'n comhnuidh farpus ann airson danns' is piobaireachd
In England there are great contests in rowing	An Sasuinn tha mòr-cho-stridhean aca ann an ràmhachd
A capital thing for the joints and muscles	Ni ro-mhath airson nan alt 's nam feithean
I like to see these things	'S toigh leam na nithe sin fhaicinn
I like that too	'S toigh leamsa sin cuideachd
A bit of friendly competition is a good thing	'Smath an rud beagan co-shreipeas càirdeil
That is my opinion	'S e sin mo bharail-sa
Especially when the games are of a manly kind	Gu h-araid nuair 'se cluichean fearail a th'ann
And when the people of the district alone are engaged	Agus nuair nach bi 'san ealaidh ach muinntir an àite
I see that Highland games are very frequent in the Lowlands now	Tha mi faicinn gu'm beil cluichean Gaidhhealach gle bhitheanta air a Mhachair a nis
On the other hand, Lowland games are becoming common in the North	Air an laimh eile tha spòrsan Gallda fàs cumanta 's an taobh tuath
Some of the competitors at these games are fine stalwart fellows	'S grinn foghainteach na gillean cuid de na co-shreipich aig na cluichean so

XXIII.—Indoor Amusements.

English.	*Gaelic.*
What gathering is here to-night?	'De choinneamh tha'n so a nochd?
There is a concert and soiree	Tha ceòl is ceilidh
That accounts for the noise and merry-making	'Se sin is ciall do'n fhuaim's do'n aighear
Will you not come in?	Nach tig thu steach?
I'll be very glad	Bi' mi gle thoilichte
You'll find a seat yonder	Gheibh thu suidheachan an sud
What's the name of this place?	C'ainm a th'air an àite so
That is the Music Hall	'Se so an Tigh-Ciùil
When does the concert begin?	C'uin a thoisicheas an co-sheirm?
In a little while	Ann an tacan beag
Are we to have songs or instrumental music?	'Ne òrain no ceòl a inneal a gheibh sinn?
There will be both	Bi' an da chuid ann
Is this the orchestra in front of us?	'Niad so no h-innealan fa'r comhar?
Yes	'S iad
Did the music please you?	An do thaitinn an ceòl ruit?
Yes, very much	Thaitinn gle mhór
I thought this was a theatre	Shaol leamsa gur e tighcluiche bha so
There are plays here sometimes	Bithidh cluichean ann air uairbh
Is it dramatic plays?	'Ne dàn-chluichean?
Yes, and operas	'Se agus clùichean-ciùil
They are clearing the floor	Tha iad a reiteachadh an ùrlair
Yes, for a ball	Tha airson balla-dannsa
Do you dance?	Bheil thu na do dhannsair?
I do sometimes	Bi' mi ris air uairbh
Find a partner then	Faigh companach mata
Will you dance with me?	An danns' thu comhla riumsa?
What dance are we to have?	'De 'n danns' bhi's againn?
We'll have the Reel of Tulloch	Gabhai' sinn Ruidhle Thullachain
Begin the music then	Suas an ceòl mata
Are you tired?	Bheil thu sgìth?
I am perspiring	Tha mi 'am fhallus
We'll sit down then	Ni sinn suidhe mata
Would you like to promenade?	Nach gabh thu ceum m'an cuairt?
Yes, when I am rested	Gabhaidh nuair gheibh mi m'anail
Who'll sing us a song?	Co sheinneas òran duinn?
My neighbour here will	Seinnidh mo nàbuidh an so
I cannot sing	Ch'n urrainn domhsa seinn
You must be coaxed and pressed	Feumaidh tu còiteachadh is briagadh
Not at all	Cha'n fheum idir
Will you recite a poem then?	An aithris thu dàn mata?
I'll try it	Feuchaidh mi ris

English.	*Gaelic.*
You did very well	Rinn thu gle mhath
We are all obliged to you	Tha sinn uile 'nad chomain [eigin
This is the time for some games	So an t-àm airson cleasan air choir-
Mention what games you would like	Ainmich 'de chluich bu mhath leat
Any that the company chooses	Ni sam bith a thoilicheas an comhlan
What shall we try?	Co ris a dh' fhiachas sinn?
You do not play cards?	Cha bhi sibh cluich chairtean?
We have not a pack of them in the house	Cha'n'eil paisg againn 'san taigh diubh
Have you got dice?	Bheil dìsnean agaibh?
Yes, who'll play them?	Tha, co a chluicheas leo?
I will, for one	Mise, airson aon
There are the draughts too	Sin agaibh na fir-fheoirne cuideachd
You may try chess also	Faodaidh sibh tailleasg fhiachainn cuideachd
Hand over the draught-board then	Cuir a nall am bord-dubh mata
What shall the rest of us do now?	'De ni cach againn a nis?
We'll find some amusement for ourselves	Gheibh sinne fearas - chuideachd duinn fhein
I'll propose some conundrums	Cuiridh mise toimhsichean oirbh
Let us hear them then	Mach leo mata
Whoever fails to solve the question must put the next one	Am fear nach fuasgail a cheisd feumaidh e an ath the 'chur
I'll get some little game for the children	Gheibh mise cluicheag do'n chloinn
We'll play at hide-and-seek	Cluichidh sinn dallandà
See that you don't hurt yourselves	Feachaibh nach ciurr sibh sibh fhein
You are all very jolly	Tha sibh uile gle chridheil
Who'll sing us a song?	Co sheinneas òran duinn
You sing well	'S math sheinneas tu
I like that song very much	'S gle thoigh leam an t-òran sin
It's very sweet	Tha e gle bhinn
It would please you if it were well sung	Thaitneadh e riut nan rachadh a sheinn gu math
You might play us something	Dh' fhaodadh tu ni eigin a chluidh duinn
I have no music-book	Chan'eil leabhar-ciuil agam
Play us anything you remember	Cluidh duinn rud sam bith air am beil cuimhn' agad
Open the pianoforte	Fosgail a chruit-chiūil
Do you like violin music?	An toigh leat ceol fiodhal?
Yes, I am very fond of it	'S toigh, tha mi gle dheidheil air
It is very fine	Tha e gle ghrinn
I like to hear the bagpipe among the hills	'S toigh leam a phìob mhór a chluinntinn a measg nan cnoc
It's very appropriate there	Tha i gle fhreagarrach an sin
Or in a very large hall	No ann an talla mòr

XXIV.—Buying.

English.	*Gaelic.*
I'm going to buy	Tha mi 'dol a cheannach
Buying and selling	'Ceannach 's a reic
A merchant's shop	Bùth ceannaich
Good commerce	Malart mhath
The merchant	An ceannaica
Have you got—?	Am bheil—agaibh ?
We have	Tha
Do you keep—?	Bheil sibh cumail—?
I want—	Tha mi airson—
Will you show me—	Am feach sibh domh - ?
Yes, with pleasure	Feachaidh gu toilichte
We don't keep it	Cha'n'eil sinn 'ga chumail
Do you sell—?	Bheil sibh a reic—?
I am sorry, but we do not	Tha mi duilich ach cha n'eil
Can you give me—?	'N urrainn duibh - thoir domh ?
We can	'S urrainn
We cannot	Cha'n urrainn
What is the price ?	Ciod e phris ?
How much is this ?	Cia miad a tha so ?
Is it dear ?	Bheil e daor ?
No, it is very cheap	Chan'eil, tha e gle shaor

Clothing.

Clothing	Aodach
Dresses	Culaidhean
A clothier's shop	Buth ceannaich aodaich
I want a pair of gloves	Tha mi 'giarraidh oaidhir mhiotagan
Is it woollen ones ?	'Ne feadhann olladh ?
Yes	'S iad
We have only kid gloves	Chan'eil againn ach lamhainnean
I'll take a pair	Gabhaidh mi paidhir
What is the size ?	Ciod e mhiadachd ?
I am not sure	Chan'eil mi cinnteach
Let me see some stockings or socks	Feachaibh domh stocainnean no gearr-osain
Is it cotton or woollen ?	'Ne cotain no ollaidh ?
Have you got tartan hose ?	Bheil osanan breacain agaibh ?
Yes, of all colours	Tha, de gach dath
Let me see Macdonald tartan	Feach cadath nan Domhnullach
This will do	Ni so an gnothuch
Let us see your tartan plaids	Feach duinn bhur breacanan
I want a good coat	Tha mi airson còta math
Is it of tweed ?	'N ann de tweed ?

English.	*Gaelic.*
Yes, a shooting coat	'S ann, cota seilg
What colour?	'De'n dath?
A nice brown	Donn laghach
Will this do?	'Dean so an gnothuch?
I would like it darker	Bu toigh leam ni's dorcha e
It is too bright	Tha e ro shoilleir
Show me several colours	Feach do' caochla dath
This one will do	Ni'm fear so'n gnothuch
What's the price?	'De phris?
That is 5s a yard	Tha sin cuig tasdan an t-slat
It is now cheaper	Tha e nis ni's saoire
How much will I require?	'De uiread a dh' fheumas mi?
You will get it made	Ni sibh fhein e
I also want a kilt	Tha feile uam cuideachd
Of tartan?	De cadath?
Yes, a dark colour	'Se, dath dorcha
Here is a useful one	So dath feumail
What tartan is that?	'De'n tartan tha sin?
That is Fraser hunting tartan	Sin tartan-seilg nam Frisealach
It is all wool	'Se olladh th'ann
I'll take that	Gabhaidh mi sin
They must be done this week	Feumaidh iad bhi deas air an t-seachduin so
We'll try it	Feachaidh sinn ris
Shall I try on the coat?	Am feach mi orm an còta?
Yes, if you call to-morrow	Feachaidh, ma thig thu maireach
Show this lady some silk	Feach sioda do'n bhaintighearn so
What colonr?	De'n dath?
Black silk	Sioda dubh
Can you recommend this?	Am moladh tu so domh?
This is better	'S e so is fhearr
Show me some flowers	Feach domh fluraichean
Have you ribbon to match this?	Bheil ribean agaibh a fhreagras so?
A brighter shade	Dath ni's soilleire
Will you send me these things?	An cur sibh ugam na rudan sin?
To-night	A nochd
What is your address?	C'ainm an t-aite?
Here it is	So agad e

Books, &c.

A book shop	Bùth leabhraichean
Have you any Gaelic books?	Bheil leabhraichean Gailig agaibh?
Yes, what kind?	Tha; 'de seorsa?
I would like a book of songs	Bu mhath leam leabhar oran

English.	*Gaelic.*
We have all the works of Highland poets	Tha obair gach bàrd Gaidhealach againn
I want only a small book	Chan'eil uams' ach leabhar bheag
This book is in two volumes	Tha an leabhar so 'na da phasgan
The printing is good	Tha an clodhadh math
Have you a dictionary?	Bheil foclair agaibh?
A Gaelic dictionary?	Foclair Gailig?
Yes, or a Gaelic lesson book	'Se, no leabhar ionnsachaidh Gailig
We have the "Easy lessons in Gaelic"	Tha "Leasanan furasd 'an Gailig" againn
Let me see it	Feach domh i
That will do	Ni i sin an gnothuch
Give me some pens	Thoir do' peannachan
Also some paper and ink	Paipear agus dubh (inc) cuideachd
Notepaper?	Paipear litriche?
Yes, a good kind	'Se, seorsa math
Will you show me some good music books?	Am feach thu domh leabhraiche ciuil math?
I want pipe music	Tha mi 'g iarraidh ceol piobaireachd
Do you sell bagpipes?	Bheil sibh reic pioban?
Yes, we have a few	Tha beagan againn diubh
Is there a library in the town?	Am bheil leabhar-lann 's a bhaile?
Have you a history of Scotland?	'Bheil Eachdraidh na h-Alba agaibh?
Yes, here it is	Tha, 'se so i

Jewellery, &c.

Beautiful jewels	Seudan briagh
I want to buy a ring	Tha mi airson fainne cheannach
Show me a nice gold one	Féach do' te ghrinn oir
There are pretty ones in the window	Tha feadhainn lughach 's an uinneag
This one is too small	Tha 'n te so ro bheag
It does not fit me	Cha fhreagar i mi
What is the name of that stone?	C'ainm a chlach tha sin?
That is an agate	'Se sin agat
I would like a diamond	Bu toigh leam daoimean
Show me some brooches	Feach do' braistean
These are our own manufacture	'S iad sin ar deanamh fhein
Give me a watch key	Thoir do' iuchair uaireadair-pòca
It's to fit this watch	'S ann airson an uaireadair so
Will you put a glass on this watch?	An cuir sibh glaine air an uaireadair so?
I want native jewellery	Tha mi airson seudan dùchasach

Boots and Shoes.

English.	*Gaelic.*
I need footgear	Tha feum agam air caiseart
I want Highland brogues	Tha mi airson bròg an Gaidhealach
Good strong leather	Leathar math làidir
That shape will do	Ni an cumadh sin an gnothuch
I prefer them laced	'S ann iallaichte is docha leam iad
I don't know my size	Cha'n aithne do' mo mhiadachd
You might send me a pair or two to try on	Dh' fhaodadh sibh paidhir no dhà chur ugam gu'm feachainn

Tobacco, &c.

Get me some tobacco	Faigh dhomh tombaca
Give me a good cigar	Thoir domh cigar math
Are these the best you have?	'N iad sin 'n fheadhainn is fhearr a' th' agaibh?
Give me a dozen	Thoir domh dusan
And a box of matches	Agus bocsa *lucifer*
I want a snuff box	Tha mi airson bocsa-snaoisein
A silver one	Fear airgid
Fill the box with snuff	Lion am bocsa le snaoisean

Idiomatic Phrases.

English.	*Gaelic.*
They accused him of that	Thilg iad sin air
He was acquitted	Fhuair e deth
He acquitted himself of his task	Chuir e crioch air 'obair
I will adhere to what I said	Cumaidh mi ris an ni a thuirt mi
I will adhere to your view	Aontaichidh mi ri'd bheachd-sa
We will be admitted	Gheibh sinn a staigh
He admitted it	Dh'aidich se e
They advanced	Thainig (*or* chaidh) iad air aghaidh
He advanced them	Thug e iad air aghaidh
The price advanced	Dh'eirich a phrìs
We agreed	Chòrd sinn
I agree to that	Tha mi'g aontachadh ri sin
It did not agree with me	Cha do chòrd e rium / Cha tainig e rium
What ails you?	'De tha tigh'n riut?
I almost fell	Theap mi tuiteam
I am alone	Tha mi leam fhein
It amounted to that sum	Thainig e gus an t-suim sin
He is angry	Tha fearg air
I apologised	Dh' iarr mi maitheanas
That is my apology	'S e sin mo leisgeul
This won't answer	Cha fhreagair so
He asked a question	Chuir e ceisd
He asked me why	Dh' fhoighnich e rium c'arson
He asked me to come	Dh' iarr e orm tighinn
At home	Aig an taigh
At sea	Air a mhuir
Scolding at them	A trod riutha
They assailed me / They attacked me	Thoisich iad orm / Bha iad rium / Dh' eirich iad orm
At any rate	Co dhiu
Attend to this	Thoir aire do so
Attend to me	Fritheil orm-sa
Attend the meeting	Bi aig a' choinne
Are you aware of that?	An aithne duit sin?
I can't bear that	Cha'n fhuiling mi sin
He bears the blame	'S ann air-sa tha choire
He bears himself wisely	Tha e 'g a ghiulan fein gu glic
I beg of you	Tha mi 'guidhe ort (oirbh)
He begged for alms	Bhe e 'g iarraidh dhéirc
They were beaten	Chaidh gabhail orra
Beat him	Gabh air
It's becoming white	Tha e fàs geal

Idiomatic Phrases.—*Continued.*

English.	*Gaelic.*
It becomes you well	Tha e 'g ad fhreagair gu math
That belongs to me	Is leamsa sin
That is mine	Buinidh sin domhsa
Be off	Bi falbh
I beg your pardon	Tha mi 'g iarraidh maitheanais
I believe it is	Tha mi'm barail gu bheil
Beware of the dog	Thoir toigh o'n chù
He boards there	Tha e air bhòrd an sin
Bringing up children	Ag àireach chloinne
Call him	Thoir éigh air
Call on him	Gabh a choimhead air
Call for wine	Orduich fion
What is he called?	C' ainm a th'air
Take care!	Thoir toigh
I don't care	Tha mi coma / Cha'neil othail agam
What do I care?	'De 'n othail a th' agam?
Take care of her	Thoir toigh oirre
I have no care	Cha'n'eil curam orm
He lacks care	Cha'n'eil curam ann
Catch this	Beir air so
If you chance	Ma thuiteas ort
She carried it on	Chum ise air aghaidh e
They were charged with this	Chaidh'so chur as an leth
He was cheated	Chaidh an car thoirt as
Will the day clear up?	An tog an la?
Did it come?	An tainig e?
That is to come off	Tha sin gu tachairt
Compel them / Cause them	Thoir orra
It contains much	Tha moran ann
It won't contain that	Cha chum e sin
I dare say	Faodaidh mi radh
That was demanded of him	Chaidh sin iarraidh air
It will depend on circumstances	Bithidh e a reir mar thuiteas
Deliver a speech	Thoir òraid
I am determined	Tha mi cur romham
Have you discovered	An d' fhuair thu mach?
This will do	Ni so an gnothuch
Put it into effect	Cuir an gniomh e
Excuse me	Gabh mo leisgeul
I expect her	Tha mi 'g amharc air a son

Idiomatic Phrases.—*Continued.*

English.	*Gaelic.*
I have failed	Dh' fhairtlich orm
I won't fall in with that	Cha'n aontaich mi ri sin
We won't quarrel about it	Cha chuir sinn mach air a cheile uime
I fear	Tha eagal orm
I find no fault with him	Cha'n'eil mi 'cur coire air
Do not frighten them	Na cuir eagal orra
Free and easy	Saor is suaimhneach
I gathered from what he said	Thuig mi o na thuirt e
Get up	Eirich
Get down	Gabh sios
They got the better of me	Rinn iad an gnothuch orm
He's getting better	Tha e fàs ni's fhearr
Give it up	Thoir thairis e
Give in	Géill
Go on	Gabh romhad / Rach air aghaidh
It so happened	Thuit e mach
I hate it	Tha fuath agam da
What will you have	'De ghabhas tu ?
Have done	Bi deas / Tog deth
I have to do it	'S fheudar dhomh a dheanamh
I have it	Tha e agam
I must have it	Feumaidh mi fhaotainn
He's at home	Tha e aig an taigh
I'll help him	Bheir mi cobhar dha
She's hungry	Tha'n t-ocras oirre
I have no idea	Cha'n'eil brath agam
It is impending	Tha e aig làimh
They increase in number	Tha iad dol an lionmhorachd
He was very indifferent	Bha e coma co-dhiu
Do you know her?	An aithne duit i ?
Do you know this?	'Bheil fios agad air so ?
He is very knowing	Tha e gle sheòlta
Lay hold of it	Dean greim air
Leave off	Tog deth
Let it alone	Leig leis
I like them	Is toigh leam iad
Who lives there?	Co tha fuireach an sin ?
Look out !	H-ugad (h-ugaibh) !
Look out a better one	Sir a mach fear ni's fhearr

Idiomatic Phrases.—*Continued.*

English.	*Gaelic.*
They have made it up again	Tha iad air còrdadh a rithis
I'll make him do it	Bheir mi air a dheanamh
We made for the place	Rinn sinn air an aite
We can't manage it	Cha'n urrainn sinn deth
What's the matter?	'De tha dochair?
Never mind	Coma leat (leibh)
I need not	Cha ruig mi leas
No person came	Chə d'thainig neach sam bith
I'll object to that / I'll oppose that	Cuiridh mi 'n aghaidh sin
Come over	Thig a nall
Go over	Gabh a null
It's over there	Tha e thall an sin
It's over here	Tha e bhos an so
You owe me a shilling	Tha tasdan agam ort
I ought	Bu choir domh
I won't part with them	Cha dealaich mi riutha
Pay attention	Thoire aire
If you please	Ma's e do thoil
He pretends	Tha e gabhail air
Don't put it off	Na cuir dàil ann
They were quarrelling	Bha iad thar a cheile / Thuit iad a mach
Recall that	Thoir sin air ais
I can't recall it to mind	Cha'n urrainn domh thoir gu'm chuimhne
Do you remember?	'Bheil cuimhne agad?
Will he run away?	An ruith e air falbh?
He ran into debt	Chaidh e anns na fiacha'
He was set free	Chuireadh fa sgaoil e
They set to	Thoisich iad
They set out	Dh' fhalbh iad
Will he stand it	An seas e ris?
I won't stand it	Cha'n fhuiling mi e
Stop talking	Sguiribh de bruidhinn
He stopped	Stad e
Make him stop	Thoir air stad
Stop him	Cuir stad air
He's striking me	Tha e 'ga'm bhuaileadh
It's very striking	Tha e gle iongantaeh

Idiomatic Phrases.—*Continued.*

English.	*Gaelic*
It struck me very much	Dhruigh e orm gle mhór
It struck me that—	Thainig e am aire gu—
Take that	Gabh sin
Take it away	Thoir air falbh e
He took to it	Ghabh e ris
Take hold of it	Dean greim air
They were taken in war	Ghlacadh an cogadh iad
Give that to me	Thoir sin domhsa
Come to me	Thig h-ugamsa
Speak to me	Labhair riumsa
It will tell very soon	Feachaidh e gle luath
I think so	'Se sin mo bharail
Don't trouble me	Na cuir dragh orm
Will you undertake this?	An gabh thu so fos laimh?
Use and wont	Gnàth is àbhaist
We used to	B'àbhaist duinn
I'm waiting for you	Tha mi feitheamh riut
She waits on him	Tha i frithealadh da
I want it	Tha e uam
They want you	Tha iad 'gad iarraidh
I'm watching you	Tha mi cumail suil ort
Do you wish this	Bheil thu airson so?
I wish it were	B'fhearr leam gu'n robh

CORRESPONDENCE, BILLS, &c.

I. Forms of Letter Addresses.

The Rev. J. Macleod, Free Church Minister, Glenoon, Ross-shire.	An t-Urramach I. MacLeòid, Ministeir an h-Eaglais Shaoir, Gleann Uaine, Siorrachd Rois.
Miss Elizabeth Gillespie, care of Capt. Gillespie, Teanacoill, Strathmore, Near Perth.	Miss Ealasaid Gilleasbuig, air curam Capt. Gilleasbuig, Tigh-na-coille, Srath-mòr, Faisg air Peairt.
Mr Alexander MacDonnell, Farmer, Balandobar, Beauly, Inverness.	Mr Alasdair Donullach, Tuathanach, Baile'n-Tobair, a Mhanachainn, Inbhirnis.
Mrs John Maclean, Merchant, Oban.	Bean Iain 'Ic Illeathain, Marsanta, an t-Oban.

II. Superscription to Persons of Rank.

To the King's Most Excellent Majesty.	Gu Moralachd ro-Oirdheire an Righ.
To His Royal Highness the Prince of Wales, or Duke of Edinburgh.	Gu a Mhorachd Rioghail Prionnsa na h-Odhailt, no Diuc Dhun-eideann.
To His Grace the Duke of Sutherland.	Gu a Ghras Diuc Shutharlain.
To the most Honourable the Marquis of Lorne.	Gus an ro-Urramach Marcus Lathairne.
To the Right Honourable the Earl of Aberdeen.	Gus an Ceart Urramach Iarla Abaireadhain.
To the Right Hon. Lord Lovat.	Gus an Ceart Urramach Morair Mac Shimi.
To Sir Kenneth Mackenzie, Bart.	Gu Sir Coinneach Mac Coinnich, Ridire.
To Sir James Campbell, M.P.	Gus an Ridir Seumas Caimbeul, B.P.
To his Grace the Lord Archbishop of Canterbury.	Gu a Ghras, am Morair Ard-Easbuig Chanterburi.

II.—Superscription to Persons of Rank—*Continued.*

To the Right Reverend the Lord Bishop of London.

To the very Reverend the Moderator of the General Assembly of the Church of Scotland.

To the very Reverend Principal—

To the Venerable the General Assembly.

To the Rev. Alexander Clarke, D.D.

Gus an Fhior Urramach am Morair Easbuig Lunnainn

Gus an Ro-Urramach, Ceann-Suidhe ard-Sheanadh Eaglais na h-Albainn.

Gus an Ro-Urramach an t-àrd Ollamh –

Gus an àrd-Urramach an Ard-Sheanadh.

Gus an Urramach Alasdair Clàrc, D.D.

III.—Addressing Persons of Rank.

Most Gracious Sovereign, May it please your Majesty.

I am, with Profoundest Veneration, you Majesty's faithful Subject and most dutiful Servant.

Sir,
I am, with the greatest respect, your Royal Highness' most dutiful and most obedient Servant.

My Lord Duke,
I have the honour to be, my Lord Duke, your Grace's most obedient and most humble Servant.

My Lord Marquis,
I have the honour to be, my Lord Marquis, you Lordship's most obdt., &c.

My Lord,
I have the houour to be, My Lord, &c.

Madam, My Lady.

Sir.

My Lord Archbishop.

Reverend Sir.

A Riaghladair ro-Ghràsmhor, gu'n toilicheadh e bhur Moralachd.

Is mise, le mor urram, Iochdaran dìleas agus Seirbhiseach dleasannach bhur Moralachd.

A Thighearna,
Is mise le mor spéis duibh, Seirbhiseach ro dhleasannach agus dhìleas bhur Morachd Rioghail.

Mo Thighearna a Dhiuc,
Tha'n onoir agam gur mi, mo thighearna Diuc, Seirbhiseach ro umhailt agus ro-iriosail bhur Gràise

Mo Thigearna Mharcuis,
Tha'n onoir agam gur mi, mo Thighearna Marcuis, Seirbhiseach, &c., bhur Tighearnais.

Mo Thighearna,
Tha'n onoir agam gur mi, mo Thighearna, &c.

A Bhean Uasail, mo Bhain-tighearn

A Shir.

Mo Thighearna Ard-Easbuig.

Urramaich.

IV.—Letter of Introduction.

Strathglass,
Thursday.

My Dear Margaret,

You will receive this by the hands of my old friend, Miss Jane Macandrew, who is to spend a few days in your neighbourhood.

Be kind to her, and you will much oblige

Your faithful friend,
R. Chisholm.

Srathghlais,
Dir-daoin.

A Mhairearad a ghraidh,

Gheibh thu so o lamhan mo shean charaid, Miss Seana Nic Anndra, a tha gu beagan laithean a chaitheamh ann ad coimhearsnachd.

Bi caoimhneil rithe is cuiridh tu moran comain air

Do charaid dìleas,
R. Siosal.

V.—Invitations, &c.

Mr and Mrs Macrae request the honour of Mr Bain's company at dinner, on Tuesday, 22d, at six o'clock.

Craig House,
Tuesday, April 8.

Mr Bain will have the honour of waiting on Mr and Mrs Macrae, on Tuesday, 22nd.

Newton,
Wednesday, April 9.

Dear Friend,—Come to see me to-morrow evening. Any hour will do.—Your old comrade, Donald C.

Mrs Turner presents her compliments to Mrs and Misses More, and requests the pleasure of their company on Thursday evening, 20th inst., at 8 o'clock. Dancing.

19 King Street, May 7.

Mr and the Misses More accept with pleasure Mrs Turner's polite invitation for Thursday, 20th.

Patrick Street, May 8.

Tha Mr agus Miss MacRath, a guidhe onoir cuideachd Mhr Bàn aig dìneir air Di-mairt, 22mh, aig sea uairean.

Tigh Chreig,
Di-mairt, Giblean 8.

Bithidh an t-onoir aig Mr Bàn feitheamh air Mr is Miss MacRath, air Di-Màirt, an 22mh.

Baile-Nodha,
Di-ciadainn, Giblean 9.

A charaid chaoimh — Thig a choimhead orm feasgair a maireach. Ni uair sam bith an gnothuch. Do shean chompanach.—Domhnull C.

Tha Mrs Tuairnear cur iomcharag gu Mr is na Missean Mòr, 's guidh ailghios an cuideachd air feasgar Dirdaoin am 20mh inst., aig 8 uairean. Dannsa.

19 Sraid an Righ, Cheitean 7.

Gabhaidh Mr agus na Missean Mòr gu toileach cuireadh cuirteal Mhrs Tuairnear airson Dirdaoin, an 20mh.

Sraid Phadruic, Cheitein 8.

INDEX.

	PAGE
Addresses	114
Adjectives	6
Adverbs	8
Agriculture	20
Amusements	102
Animals	21
Army	23
Article	10
Asking	67
Athletic Games	100
Birds	21
Body	24
Books	39, 105
Boots and Shoes	107
Breakfast	85
Buildings	50, 92
Buying	104
Church	26
Clothing	27, 104
Colours	29
Commerce	30
Conjunctions	9
Conversations	59
Countries	44
Country	31, 95
Courtesies	61
Day	49, 78
Dinner	86
Disease	32
Dress	27, 104
Drink	34
Earth	33
Eating	34, 85
Farming	20
Feasts	49
Feelings	64
Fish	22
Fishing	99
Flowers	52
Food	34

	PAGE
Fruits	52
Furniture	36
Games	100, 35
Grain	53
Health	70
Heavens	35
Holidays	49
Home	36, 83
Hotel	90
House	36
Hunting	98
Idioms	108
Implements	37
Insects	22
Introduction	115
Invitation	115
Jewellery	106
Kindred	38, 105
Law	39
Letters	113
Literature	39
Lodging	89
Mankind	40
Measures	56
Metals	33
Mind	40
Money	41
Months	49
Moods and Feelings	64
Music	41
Names	42
News	76
Noun and Article	10
Numbers	45
Offering	67
Orthoëpy	5
Phrases	59, 60
Places	44
Plants	52
Preposition	12

	PAGE
Pronoun	11
Pronunciation	57
Railway	80
Rank	113
Recreations	35
Religion	46
Reptiles	22
Sea	47, 96
Seasons	49
Ships	47, 96
Shooting	98
Shop	104, 30
Sickness	70
State	47
Steamboat	82
Street	50, 92
Superscriptions	113
Supper	88
Surnames	43
Table of Sounds	5, 57
Tea	88
Time	78, 48
Tobacco	107
Tools	37
Town	50, 92
Towns	44
Trades	53
Train	80
Travelling	80
Trees	53
Vegetables Kingdom	53
Verbs	14
Virtues and Vices	5
Visiting	6
Vocabularies	
Voyage	82, 9
War	2
Weather	55, 7
Week days	4
Weights	5


KW-433-514